



## Nuadh-eòlas Àrd-Ìre

|                            |                                   |
|----------------------------|-----------------------------------|
| <b>Còd cùrsa:</b>          | C875 76                           |
| <b>Còd measaidh cùrsa:</b> | X875 76                           |
| <b>SCQF:</b>               | Ìre 6 (24 puingean creideis SCQF) |
| <b>Dligheach bho:</b>      | seisean 2024–25                   |

Tha an sgrìobhainn seo a' solarachadh fiosrachadh mionaideach mun chùrsa agus mu mheasadh a' chùrsa gus dèanamh cinnteach à measadh cunbhalach is trìd-shoilleir bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt iomradh air structar a' chùrsa agus air measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, eòlas agus tuigse a tha gam measadh.

Tha an sgrìobhainn seo do thidsearan agus òraidichean agus anns an sgrìobhainn seo tha am fiosrachadh riatanach uile a dh'fheumas sibh airson an cùrsa a libhrigeadh.

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).

An t-eagran seo: An t-Sultain 2024 (tionndadh 4.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2018, 2019, 2023, 2024

# Clàr-innse

|   |           |
|---|-----------|
| <b>Tar-shealladh cùrsa</b>  | <b>1</b>  |
| Cùmhnantan duaise   | 1         |
| Feallsanachd a' chùrsa  | 2         |
| Adhbhar agus amasan   | 2         |
| Cò dha a tha an cùrsa?  | 2         |
| <b>Susbaint a' chùrsa</b>   | <b>3</b>  |
| Sgilean, eòlas agus tuigse  | 3         |
| Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh                      | 6         |
| <b>Measadh cùrsa</b>  | <b>7</b>  |
| Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean                                       | 7         |
| Structar measaidh cùrsa: obair shònraichte                                      | 9         |
| Rangachadh  | 12        |
| <b>Co-ionannachd agus in-ghabhaltas</b>   | <b>13</b> |
| <b>Tuilleadh fiosrachaidh</b>   | <b>14</b> |
| <b>Pàipear-taic 1: notaichean taic cùrsa</b>                                    | <b>15</b> |
| Ro-ràdh   | 15        |
| Leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse   | 15        |
| Modhan ionnsachaidh, teagaisg agus measadh                                      | 15        |
| Ullachadh airson measadh cùrsa  | 17        |
| Leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgileadh cosnaidh          | 28        |
| <b>Pàipear-taic 2: stiùireadh air duilleagan rannsachaidh obair shònraichte</b> | <b>33</b> |
| <b>Pàipear-taic 3: eisimpleirean de ceist earbsachd an stòir</b>                | <b>36</b> |
| Ro-ràdh   | 36        |
| Eisimpleir ceist 1  | 36        |
| Eisimpleir ceist 2  | 39        |
| Buidheachas còir-lethbhreac   | 42        |
| Eisimpleirean de cheistean — stiùireadh comharrachaidh                          | 43        |

# Tar-shealladh cùrsa

Tha an cùrsa air a dhèanamh suas à 24 puingeann creideis SCQF a tha a' gabhail a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Is e 160 uair a thìde an ùine bheachdach do dh'oileanaich airson crìoch a chur air a' chùrsa.

Tha trì co-phàirtean sa mheasadh cùrsa.

| Co-phàirt                        | Comharran | Faid   |
|----------------------------------|-----------|--|
| Co-phàirt 1: pàipear cheistean 1 | 52        | 1 uair agus 45 mionaidean                              |
| Co-phàirt 2: pàipear cheistean 2 | 28        | 1 uair agus 15 mionaidean                              |
| Co-phàirt 3: obair shònraichte   | 30        | 1 uair agus 30 mionaidean — faic roinn 'Measadh cùrsa' |

| Inntrigeadh molta   | Adhartas   |
|---|--|
| <p>Tha inntrigeadh don chùrsa seo a rèir toil an ionaid.</p> <p>Bu chòir do dh'oileanaich an cùrsa Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 no teisteanasan co-ionann a choileanadh agus/no fèin-fhiosrachadh ro thòiseachadh air a' chùrsa.</p> | <ul style="list-style-type: none"><li>◆ Cùrsa Nuadh-eòlais Àrd-Ìre Adhartach</li><li>◆ tuilleadh sgrùdaidh, cosnadh agus/no trèanadh</li></ul> |

## Cùmhnantan duaise

Tha an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a chaidh a choileanadh tarsainn co-phàirtean a' mheasaidh cùrsa uile.

## Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tabhann sùbailteachd, a' solarachadh ùine airson ionnsachadh, cuimseachadh air sgilean agus cur ionnsachadh an gnìomh, agus a' toirt seachad cothrom airson pearsanachadh is roghainn.

Tha gach cùrsa a' solarachadh cothroman do dh'oileanaich farsaingeachd, dùbhlán agus gnìomhadh a leasachadh. Tha fòcas agus co-chothrom measaidh air a dheilbh do gach raon cuspaireil.

Sa chùrsa seo, tha oileanaich a' leasachadh tuigse nas fheàrr don t-saoghal cho-aimsireil agus an àite ann. Tha cothroman aig oileanaich seasamhan cudromach a leasachadh leithid spèis do luachan, creideasan agus cultaran chàich; fosgailteachd do smaoineachadh agus beachdan ùra; agus faireachdainn de dhleastanas agus saoranachd chruinneil.

Tha an cùrsa a' cur cuideam air leasachadh agus gnìomhadh sgilean. Tha am fòcas air luachadh stòran agus co-dhùnaidhean a dhèanamh a' leasachadh sgilean smaoineachaidh oileanaich, a thuilleadh air sgilean ann an litearrachd agus àireamhachd. Tha gnìomhachdan rannsachaidh is breithneachaidh a' toirt cothroman do dh'oileanaich air eòlas cudromach a chosnadh ann an cur ri obair buidhne agus obair leotha fhèin.

## Adhbhar agus amasan

Tha an cùrsa a' cleachdadh modh-obrach ioma-chuspaireil airson eòlas agus tuigse oileanaich do chùisean poilitigeach is sòisealta a leasachadh, ann an co-theacsaichean ionadail, Albannach, na Rìoghachd Aonaichte (UK) agus eadar-nàiseanta. Tha oileanaich a' leasachadh nan sgilean airson eadar-mhìneachadh agus com-pàirteachadh anns na pròiseasan sòisealta is poilitigeach ris am bi iad a' coinneachadh nam beatha.

Tha oileanaich a' leasachadh raon de sgilean rannsachaidh, anailiseach agus luachaidh, agus tuigse do:

- ◆ phròiseas deamocratach agus cùisean poilitigeach iom-fhillte
- ◆ chùisean iom-fhillte agus eaconamach aig ìrean ionadail, Albannach, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, agus dòighean air dèiligeadh ri feumalachdan is neo-ionannachdan
- ◆ dhiofar bheachdan air an ìre de ghnìomhadh stàite anns a' cho-chomann
- ◆ nàdar agus pròiseasan air fuasgladh còmhstri
- ◆ chudromachd chòraichean is dhleastanasan daonna agus laghail, agus an gnìomhadh ann an diofar cho-chomainn

## Cò dha a tha an cùrsa?

Tha an cùrsa iomchaidh do raon de dh'oileanaich, bhon fheadhainn a tha airson tuigse a choileanadh do cho-chomann co-aimsireil agus an àite fhèin ann, gu oileanaich a tha airson adhartachadh gu trèanadh, foghlam adhartach no cosnadh.

# Susbaint a' chùrsa

Tha an cùrsa air a dhèanamh suas à trì raointean sgrùdaidh: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte; cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte; agus cùisean eadar-nàiseanta. Tha sùbailteachd nach beag anns na tèman a dh'fhaodar a sgrùdadh taobh a-staigh gach raon gus pearsanachadh is roghainn a cheadachadh.

## Sgilean, eòlas agus tuigse

### Sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa

Tha na leanas a' solarachadh tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspaireil, eòlas agus tuigse a tha leasaichte sa chùrsa:

- ◆ leasachadh agus cur an gnìomh tuigse agus eòlas fìor is teòiridheach, agus toirt mhìneachaidhean mionaideach is anailis air:
  - na pròiseasan deamocratach, ionadan agus buidhnean a tha a' dèanamh suas na beatha phoilitigich ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte
  - prìomh chùis shòisealta san Rìoghachd Aonaichte, a' cuimseachadh air an dara cuid cion co-ionannas sòisealta no eucoir agus an lagh
  - cùis eadar-nàiseanta, a' cuimseachadh air an dara cuid sgrùdadh poilitigeach is sòisio-eaconamach air prìomh chumhachd saoghail no air cùis saoghail cho-aimsireil
- ◆ dèanamh anailis, luachadh agus co-thàthadh air raon farsaing de fhianais a dh'fhaodadh a bhith sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach gus:
  - an ìre de neo-chlaonachd a chomharrachadh agus a mhìneachadh ann an co-theacsaichean a dh'fhaodadh a bhith aithnichte no neo-aithnichte
  - tarraing air agus taic a chur ri co-dhùnaidhean ann an co-theacsaichean a dh'fhaodadh a bhith aithnichte no neo-aithnichte
- ◆ anailis is luachadh a dhèanamh air raon farsaing de fhianais a dh'fhaodadh a bhith sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach gus an ìre de earbsachd a mhìneachadh ann an co-theacsaichean a dh'fhaodadh a bhith aithnichte no neo-aithnichte
- ◆ rannsachadh, dèanamh anailis, luachadh agus co-thàthadh air raon farsaing de fhianais a dh'fhaodadh a bhith sgrìobhte, àireamhach agus grafaigeach gus co-dhùnaidhean a dhèanamh agus fhìreanachadh ann an co-theacsaichean a dh'fhaodadh a bhith aithnichte no neo-aithnichte

### Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa

Tha na leanas a' solarachadh tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspaireil, eòlas agus tuigse a tha air an samplachadh sa mheasadh cùrsa:

#### Pàipear cheistean 1

Tha trì roinnean sa phàipear cheistean seo. Tha roghainnean anns gach roinn gus cothroman a cheadachadh airson pearsanachadh agus roghainn. Tha am pàipear cheistean seo a' samplachadh bhon eòlas agus an tuigse mar a leanas:

## **Roinn 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte**

Tha oileanaich a' sgrùdadh taobhan den t-siostam phoilitigeach dheamocratach san Rìoghachd Aonaichte a' gabhail a-steach àite na h-Alba taobh a-staigh an t-siostaim seo. Tha sgrùdaidhean cùise buntainneach gan cleachdadh bho an dara cuid Alba no an Rìoghachd Aonaichte, no bhon dà chuid Alba agus an Rìoghachd Aonaichte.

- ◆ roghainnean comasach eile airson riaghladh na h-Alba
- ◆ buaidhean co-dhùnaidh na RA a thaobh an t-Aonadh Eòrpach (EU) fhàgail
- ◆ èifeachdas riochdairean pàrlamaideach ann an cumail an riaghaltais cunntachail
- ◆ neartan is laigsean nan diofar shiostaman taghaidh a tha air an cleachdadh ann an taghaidhean taobh a-staigh na RA
- ◆ bun-chùisean a tha a' toirt buaidh air giùlan bhòtaidh a' gabhail a-steach buidheann, aois agus meadhanan
- ◆ dòighean sam faod saoranaich buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean an riaghaltais, a' gabhail a-steach buidhnean strì

## **Roinn 2: Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte**

Tha roghainn aig oileanaich a thaobh co-theacsaichean chùisean sòisealta airson an sgrùdadh. Tha iad sin a' cuimseachadh air an dara cuid cion co-ionannas sòisealta no eucoir agus an lagh.

### **Roghainn 1: neo-ionannachd sòisealta**

Ann an co-theacsa neo-ionannachd sòisealta, tha oileanaich a' cuimseachadh air buaidh cion co-ionannas sòisealta air buidheann buntainneach sam bith.

- ◆ adhbharan gu bheil neo-ionannachd teachd-a-steach agus beairteas ann
- ◆ adhbharan gu bheil neo-ionannachdan slàinte ann
- ◆ buaidh neo-ionannachd air buidheann no buidhnean sa cho-chomann
- ◆ deasbad neo-eisimeileach agus buidheannach
- ◆ èifeachdas cheumnan air an gabhail gus dèiligeadh ri neo-ionannachdan, a' gabhail a-steach tomhasan an riaghaltais

### **Roghainn 2: eucoir agus an lagh**

Ann an co-theacsa eucoir agus an lagh, tha oileanaich a' cuimseachadh air taobhan buntainneach agus co-aimsireil de dh'eucoir, eucoir-eòlas agus an lagh. Tha iomraidhean iomchaidh gan dèanamh air Alba, an RA no an dà chuid Alba agus an RA.

- ◆ còraichean is dleastanasan laghail aig saoranaich na RA
- ◆ adhbharan agus teòiridhean eucoir
- ◆ buaidh eucoir air fulangaich, eucoraich agus an teaghlaichean
- ◆ buaidh shòisealta agus eaconamach aig eucoir air a' cho-chomann fharsaing
- ◆ èifeachdas fhreagaritean a thaobh binn prìosain agus neo-phrìosain do dh'eucoir

### **Roinn 3: Cùisean eadar-nàiseanta**

Tha roghainn aig oileanaich de cho-theacsaichean chùisean eadar-nàiseanta airson an sgrùdadh. Tha iad sin a' cuimseachadh air an dara cuid sgrùdadh air prìomh chumhachd saoghail no sgrùdadh air cùis saoghail cho-aimsireil a tha cudromach.

#### **Roghainn 1: cumhachdan an t-saoghail**

Tha sgrùdadh air cumhachd saoghail a' cuimseachadh air cùisean poilitigeach agus sòisio-eaconamach. Faodaidh oileanaich prìomh chumhachd saoghail a thaghadh bho bhall sam bith de bhuidheann dhùthchannan G20, a' gabhail a-steach an EU, ach a' fàgail às an RA.

- ◆ an ìre gu bheil an siostam poilitigeach a' ceadachadh compàirteachadh deamocratach
- ◆ ionadan poilitigeach agus an comas air co-dhùnaidhean riaghaltais a cheannsachadh
- ◆ neo-ionannachd sòisio-eaconamach agus a bhuidheann sònraichte sa cho-chomann
- ◆ èifeachdas freagairtean an riaghaltais do neo-ionannachd sòisio-eaconamach
- ◆ buaidh eadar-nàiseanta cumhachd saoghail

#### **Roghainn 2: cùisean an t-saoghail**

Tha sgrùdadh air cùis saoghail a' cuimseachadh air cùis no còmhstri ùr chudromach sam bith a tha a' dol seachad air crìochan aon dùthcha sam bith agus aig a bheil buaidh a dh'fhaodadh a bhith roinneil no cruinneil.

- ◆ bun-chùisean sòisealta, eaconamach agus poilitigeach a tha air a' chùis adhbhrachadh
- ◆ buaidhean na cùise air daoine fa leth, teaghlaichean agus coimhearsnachdan
- ◆ buaidhean na cùise air na riaghaltasan a tha co-cheangailte agus air a' choimhearsnachd fharsaing eadar-nàiseanta
- ◆ èifeachdas dhùthchannan fa leth ann an dèiligeadh ris a' chùis
- ◆ èifeachdas bhuidhnean eadar-nàiseanta ann an dèiligeadh ris a' chùis

## **Pàipear cheistean 2**

Tha sgilean a thaobh a bhith a' dèanamh anailis, luachadh agus co-thàthadh air fianais air am measadh ann am pàipear cheistean 2.

### **Obair shònraichte**

Tha oileanaich a' taghadh cuspair no cùis nuadh-eòlais sam bith a tha a' toirt iomradh air cùis phoilitigeach, shòisealta no eadar-nàiseanta cho-aimsireil. Chan eil an roghainn air a cuibhreachadh le susbaint pàipear cheistean 1.

Tha na sgilean, eòlas agus tuigse air an gabhail a-steach don chùrsa iomchaidh do dh'ìre SCQF a' chùrsa. Tha tuairisgeulaichean na h-ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaidh seachad air feartan agus an coileanadh a thathar a' sùileachadh aig gach ìre SCQF, agus lorgar iad air làrach-lìn SCQF.

# Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh oileanaich gu sgilean farsaing coitcheann a leasachadh. Than na sgilean sin stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#) agus a' tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

## **1 Litearrachd**

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

## **2 Àireamhachd**

- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

## **4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd**

- 4.6 Saoranachd

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

- 5.3 Gnìomhadh
- 5.4 Dèanamh anailis is luachadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean na sgilean sin fhiighe a-steach don chùrsa aig ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach.

# Measadh cùrsa

Tha measadh cùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibhear sa phàipear seo.

Tha am measadh cùrsa a' coileanadh prìomh adhbharan is amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd — tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ◆ dùbhlán — ag iarraidh barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ◆ gnìomhadh — ag iarraidh eòlas agus/no sgilean a chur an sàs ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach, mar as iomchaidh

Tha seo a' comasachadh oileanaich gu tarraing air na sgilean, eòlas agus tuigse a dh'ionnsaich iad tron chùrsa, agus an leudachadh 's an cur an gnìomh.

## Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean

### Pàipear cheistean 1

**52 comharra**

Tha riarachadh iomlan de 52 comharra sa phàipear cheistean seo. Is e seo 47% de na comharran iomlan don mheasadh cùrsa.

Tha am pàipear cheistean seo a' ceadachadh do dh'oileanaich gnìomhadh air na sgilean a leanas agus farsaingeachd an eòlais is tuigse a thaisbeanadh:

- ◆ a' toirt mìneachaidhean, anailis agus luachadh mionaideach air cùisean iom-fhillte poilitigeach, sòisealta agus eaconamach

Tha oileanaich a' freagairt trì ceistean a tha a' measadh eòlas is tuigse agus sgilean àrd-ìreil anailis is luachaidh: dà cheist luach 20 comharra agus aon cheist luach 12 comharra.

Tha trì roinnean ann am pàipear cheistean 1:

#### **Roinn 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte**

Tha oileanaich a' freagairt aon cheist le freagairt leudaichte, bho thaghadh de thrì.

#### **Roinn 2: Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte**

Tha oileanaich a' taghadh an dara cuid neo-ionnanachd sòisealta no eucoir agus an lagh, agus a' freagairt aon cheist le freagairt leudaichte bho thaghadh de dhà.

#### **Roinn 3: Cùisean eadar-nàiseanta**

Tha oileanaich a' taghadh an dara cuid cumhachdan an t-saoghail no cùisean an t-saoghail, agus a' freagairt aon cheist le freagairt leudaichte, bho thaghadh de dhà.

#### **Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean**

Tha am pàipear cheistean seo air a shuidheachadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus air a stiùireadh ann an ionadan fo shuidheachaidhean air an sònrachadh do dheuchainnean nàiseanta le SQA.

Tha 1 uair agus 45 mionaid aig oileanaich airson am pàipear seo a chrìochnachadh.

## Pàipear cheistean 2

## 28 comharra

Tha riarachadh iomlan de 28 comharra sa phàipear cheistean seo. Is e seo 26% de na comharran iomlan don mheasadh cùrsa.

Tha am pàipear cheistean seo a' ceadachadh do dh'oileanaich gnìomhadh air na sgilean a leanas a thaisbeanadh:

- ◆ lorg agus mìneachadh na h-ìre de neo-chlaonachd a' cleachdadh raon de stòran fiosrachaidh
- ◆ tarraing agus cur taic ri co-dhùnidhean iom-fhillte a' cleachdadh raon de stòran fiosrachaidh
- ◆ luachadh earbsachd raon de stòran fiosrachaidh

Tha trì ceistean àithnteil sa phàipear cheistean seo:

### Ceist 1

Tha oileanaich a' freagairt ceist a tha a' measadh an sgil de bhith a' tarraing cho-dhùnidhean agus a' toirt taic dhaibh. Tha a' cheist seo air a dèanamh suas de eadar dà is ceithir stòran-fiosrachaidh. Faodaidh stòran a bhith sgrìobhte, àireamhach, grafaigeach no dealbhach. Tha luach 10 comharran aig a' cheist seo.

### Ceist 2

Tha oileanaich a' freagairt ceist a tha a' measadh an sgil de bhith a' lorg agus a' mìneachadh na h-ìre de neo-chlaonachd. Tha a' cheist seo air a dèanamh suas de eadar dà is ceithir stòran-fiosrachaidh. Faodaidh stòran a bhith sgrìobhte, àireamhach, grafaigeach no dealbhach. Tha luach 10 comharran aig a' cheist seo.

### Ceist 3

Tha oileanaich a' freagairt ceist a tha a' measadh an sgil de bhith a' dèanamh measadh air earbsachd stòran-fiosrachaidh. Tha a' cheist seo air a dèanamh suas de thrì stòran-fiosrachaidh. Faodaidh stòran a bhith sgrìobhte, àireamhach, grafaigeach no dealbhach. Tha luach 8 comharran aig a' cheist seo.

### Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Tha am pàipear cheistean seo air a shuidheachadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus air a stiùireadh ann an ionadan fo shuidheachaidhean air an sònrachadh do dheuchainnean nàiseanta le SQA.

Tha 1 uair agus 15 mionaidean aig oileanaich airson am pàipear seo a chrìochnachadh.

Tha sampail de phàipearan cheistean airson cùrsaichean Àrd-Ìre air am foillseachadh air làrach-lìn SQA. Tha iad sin a' taisbeanadh ìre, structar agus riatanasan nam pàipearan cheistean a bhios oileanaich a' suidhe. Tha na pàipearan sampail a' gabhail a-steach stiùiridhean comharrachaidh cuideachd.

# Structar measaidh cùrsa: obair shònraichte

## Obair shònraichte

30 comharra

Tha riarachadh iomlan de 30 comharra aig an obair shònraichte seo is e seo 27% de na comharran iomlan don mheasadh cùrsa.

### Tar-shealladh air obair shònraichte

Tha an obair shònraichte a' ceadachadh do dh'oileanaich na sgilean, eòlas agus tuigse a leanas a thaisbeanadh:

- ◆ comharrachadh cùis nuadh-eòlais mu bheil diofar bheachdan
- ◆ rannsachadh cùis nuadh-eòlais, a' cleachdadh raon de stòran fiosrachaidh
- ◆ co-thàthadh agus dèanamh anailis air fiosrachadh bho raon de stòran
- ◆ luachadh feumalachd agus earbsachd raon de stòran fiosrachaidh
- ◆ ruighinn co-dhùnadh mun chùis a chaidh a sgrùdadh
- ◆ sealltainn eòlas agus tuigse mhionaideach don chùis mar thaic don cho-dhùnadh a chaidh a ruighinn
- ◆ sealltainn mothachadh do roghainnean eile a thaobh a' cho-dhùnaidh
- ◆ co-phàirteachadh fiosrachadh a' cleachdadh gnàthasan aithisg

### Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh obair shònraichte

Tha an obair shònraichte air a suidheachadh le tidsearan is òraidichean taobh a-staigh stiùiridhean SQA. Tha SQA a' solarachadh fiosrachadh mionaideach air mar a tha fianais oileanach air a mheasadh. Tha oileanaich a' taghadh cuspair no cùis cho-aimsireil nuadh-eòlais sam bith airson a rannsachadh. Tha fianais ga cur a-steach gu SQA airson comharrachadh air an taobh a-muigh. Tha SQA a' dèanamh dearbhadh càileachd air a' chomharrachadh uile.

Tha dà ìre san obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ toradh fianais

Tha oileanaich a' gabhail na h-ìre rannsachaidh os làimh aig àm iomchaidh sam bith den chùrsa, gu h-àbhaisteach nuair a tha iad air na sgilean, eòlas agus tuigse riatanach a leasachadh.

Anns an ìre rannsachaidh, tha oileanaich a' taghadh cuspair a tha a' ceadachadh dhaibh anailis a dhèanamh air cùis cho-aimsireil. Tha iad a' rannsachadh na cùise agus ag eagrachadh an toraidhean airson dèiligeadh ris, a' cleachdadh duilleag rannsachaidh Nuadh-eòlais mar thaic dhaibh ann an toradh fianais.

### Suidheachaidhean measaidh

#### Ùine

Tha an ìre rannsachaidh air a deilbh gu bhith crìochnaichte thar ùine bheachdail de 8 uairean a thìde. Tha 1 uair agus 30 mionaidean aig oileanaich gus toradh toradh fianais airson measadh

a chrìochnachadh. Feumaidh seo a bhith dèante ann an aon suidhe. Tha oileanaich a' cur crìoch air an ìre toraidh fianais ann an àm airson an ceann-latha deireannach air a chur sìos le SQA, a choinneachadh.

### **Aireachas, smachd agus dearbhadh**

Tha an ìre rannsachaidh air a stiùireadh fo aireachas agus smachd. Tha seo a' ciallachadh, ged a dh'fhaodadh oileanaich pàirt den obair a chrìochnachadh taobh a-muigh suidheachadh ionnsachaidh is teagaisg, feumaidh tidsearan is òraidichean pròiseasan a chur nan àite airson sùil a chumail air adhartas agus dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a th' ann, agus nach eil mèirle-sgrìobhadh air a bhith na lùib. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan adhartais eadar-amail le oileanaich
- ◆ ceasnachadh
- ◆ clàr gnìomhachd/adhartais an oileanaich
- ◆ sgrùdadh tidseir no òraidiche

Gabhar ri modhan obair buidhne mar phàirt den ìre rannsachaidh. Ach feumaidh fianais shoilleir a bhith ann gu bheil gach oileanach air na riatanasan fianais uile a choileanadh.

Tha an ìre toraidh fianais air a stiùireadh fo ìre àrd de dh'aireachas agus smachd. Tha seo a' ciallachadh gum feum iad:

- ◆ a bhith ann an sealladh dìreach an tidseir no an òraidiche no neach cunntachail eile rè a' mheasaidh
- ◆ gun a bhith a' conaltradh ri chèile
- ◆ gun chothrom ach air an duilleig rannsachaidh Nuadh-eòlais a-mhàin

### **Stòrasan**

Rè na h-ìre rannsachaidh, chan eil cuibhreachaidhean sam bith air na stòrasan air am faod cothrom a bhith aig oileanaich.

Rè na h-ìre toraidh fianais, chan eil cothrom aig oileanaich ach air an duilleig rannsachaidh Nuadh-eòlais a-mhàin. Is e adhbhar na duilleig rannsachaidh oileanaich a chuideachadh gus am fianais agus an iomraidhean a chleachdadh, a chaidh a thional rè na h-ìre rannsachaidh airson dèiligeadh ris a' chuspair no ris a' chùis thaghte. Chan eil duilleagan rannsachaidh air am measadh ach feumar an cur a-steach gu SQA còmhla ri obair shònraichte nan oileanach.

### **Cuideachadh reusanta**

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta a chur an cèill gus a dhèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a th' ann am fianais a tha air a chur a-steach.

Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' air a chleachdadh gus feuchainn ris an fheum air taic a chothromachadh leis an fheum air cus cuideachaidh a sheachnadh. Ma tha feum aig oileanach air barrachd na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach eil

iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an inntigeadh don ìre cheàrr de theisteanas.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bhunait choitcheann do chlas no do bhuidheann oileanaich, mar eisimpleir, comhairle mun dòigh air plana pròiseict a leasachadh. Faodar cuideachd a thoirt do dh'oileanaich air bhunait fa leth. Nuair a tha cuideachadh reusanta ga thoirt air bhunait aon-ri-aon ann an co-theacsa nì a tha an t-oileanach air a thoradh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh, agus feumaidh tidsearan is òraidichean a bhith mothachail gum faodadh seo a bhith a' dol seachad air cuideachadh reusanta.

Feumaidh oileanaich obrachadh air an rannsachadh aca leis an taic as lugha bho thidsearan no òraidichean. Anns an ìre rannsachaidh, faodaidh cuideachadh reusanta a bhith a' gabhail a-steach:

- ◆ treòrachadh oileanaich gu na stiùiridhean do dh'oileanaich
- ◆ soilleireachadh stiùiridhean/riatanasan na h-obrach
- ◆ comhairleachadh oileanaich air an roghainn de chuspair no de chùis
- ◆ treòrachadh oileanaich a thaobh comas faotainneachd no ruigsinneachd air stòrasan airson an cuspair no an cùis thaghte
- ◆ comhairleachadh oileanaich air comas stòran fiosrachaidh
- ◆ cur air dòigh thursan gus tional air fianais a dhèanamh comasach
- ◆ sgrùdaidhean adhartais eadar-amail

Feumaidh oileanaich an toradh fianais a chrìochnachadh gu neo-eisimeileach. Ach, faodaidh cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus gabh an toradh fianais àite. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach comhairleachadh oileanaich mu nàdar agus meud nan stòras air an sònrachadh, a dh'fhaodadh an cleachdadh mar thaic don toradh fianais.

Aig ìre sam bith, chan eil cuideachadh reusanta a' gabhail a-steach:

- ◆ solarachadh cuspair no cùis don oileanach
- ◆ treòrachadh oileanaich gu stòrasan sònraichte a tha rin cleachdadh
- ◆ solarachadh modailean de fhreagairtean
- ◆ solarachadh ais-fhiosrachadh mionaideach air dreachdan, a' gabhail a-steach comharrachadh

## **Fianais ri thional**

Tha feum air an fhianais a leanas airson a' mheasaidh seo:

- ◆ fianais air obair shònraichte oileanaich
- ◆ duilleag rannsachaidh Nuadh-eòlais: chan fhaod seo a bhith barrachd air dà thaobh pàipear A4

## **Meud**

Chan eil cunntas fhacail ann.

## **Rangachadh**

Tha ìrean iomlan oileanaich air an dearbhadh tro an coileanadh tarsainn measadh a' chùrsa. Tha am measadh cùrsa air a rangachadh A–D air bhunait a' chomharra iomlain do cho-phàirtean measaidh a' chùrsa uile.

### **Tuairisgeul ìre airson C**

Airson ìre C a bhith air a bhuileachadh, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air coileanadh soirbheachail a thaisbeanadh a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa.

### **Tuairisgeul ìre airson A**

Airson ìre A a bhith air a bhuileachadh, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air ìre àrd coileanaidh a thaisbeanadh gu cunbhalach a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa.

# Co-ionannachd agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dheilbh gu bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas, gun bhacaidhean neo-riatanach sam bith air ionnsachadh no measadh.

Airson stiùireadh air rèiteachaidhean measaidh do dh'oileanaich chiorramach agus/no iadsan le feumalachdan taic a bharrachd, leanaibh an ceangal gu duilleag eadar-lìn nan rèiteachaidhean measaidh: [www.sqa.org.uk/assessmentarrangements](http://www.sqa.org.uk/assessmentarrangements).

# Tuilleadh fiosrachaidh

Tha na sgrìobhainnean iomraidh a leanas a' solarachadh fiosrachadh agus cùl-fhiosrachaidh feumail.

- ◆ [Duilleag cuspair Nuadh-eòlas Àrd-Ìre](#)
- ◆ [Duilleag eadar-lìn rèiteachaidhean measaidh](#)
- ◆ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ◆ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ◆ [Stiùireadh air suidheachaidhean measaidh airson obair-cùrsa](#)
- ◆ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)
- ◆ [Dearbhachd Obair-cùrsa: Stiùireadh do Thidsearan is Òraidichean](#)
- ◆ [Aithisgean Rannsachaidh Foghlaim](#)
- ◆ [Stiùiridhean SQA air e-measadh do Sgoiltean](#)
- ◆ [Duilleag eadar-lìn e-measadh SQA](#)

# Pàipear-taic 1: notaichean taic cùrsa

## Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taic seo àithnteil. Tha iad a' solarachadh comhairle agus stiùireadh do thidsearan is òraidichean mu dhòighean air an cùrsa a libhrigeadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean iad sin a leughadh ann an co-bhoinn ri sònrachadh a' chùrsa seo agus na sampail de phàipearan cheistean agus/no obair-cùrsa.

## Leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse

Tha an roinn seo a' toirt seachad tuilleadh comhairleachaidh is stiùiridh mu sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean a ghabhail a-steach don chùrsa. Tha sùbailteachd nach beag aig tidsearan is òraidichean airson co-theacsaichean a thaghadh a bheir brosnachadh agus dùbhlann do dh'oileanaich, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean coimhead ri roinnean 'Susbaint cùrsa' agus 'Structar measaidh cùrsa' den t-sònrachadh cùrsa seo airson na sgilean, eòlas agus tuigse don chùrsa agus don mheasadh cùrsa.

Tha feum aig oileanaich air taic agus treòrachadh airson sgilean sgrùdaidh agus ro-innleachdan ionnsachaidh a leasachadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean am brosnachadh gu com-pàirteachadh agus uallach a ghabhail do an ionnsachadh fhèin le bhith a' lorg fiosrachadh agus san fharsaingeachd gus tionsgnadha shealltainn, far a bheil sin iomchaidh. Faodaidh buannachdan ionnsachadh co-obrachail, taic chomhaoisean agus ais-fhiosrachadh chomhaoisean a bhith susbainteach agus bu chòir a bhrosnachadh. Faodar taic a chur ris an seo le bhith a' cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT). A thuilleadh air an sin, faodaidh cothroman an rannsachadh airson dòighean a bhrosnaicheas deasbad is deasbaireachd clas iomlan.

Tha roinn 'Modhan ionnsachaidh is teagaisg' a' nochdadh ghnìomhachdan a tha molta a dh'fhaodas tidsearan is òraidichean a thoirt a-steach do an libhrigeadh gus na sgilean, eòlas agus tuigse sin a leasachadh.

## Modhan ionnsachaidh, teagaisg agus measadh

Tha an cùrsa Nuadh-eòlas Àrd-Ìre na sgrùdadh air co-chomann co-aimsireil. Faodaidh tidsearan is òraidichean cothroman a sholarachadh tron chùrsa airson ionnsachadh oileanaich ath-dhaingneachadh agus a dhoimhneachadh le bhith togail cheanglaichean eadar taobhan de dh'eòlas agus tuigse tarsainn roinnean, a rèir nan cuspairean no nan cùisean sònraichte a thathar a' sgrùdadh. Mar eisimpleir:

- ◆ Bidh tuigse do na pròiseasan agus institiùdan poilitigeach ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte air a dhoimhneachadh tro choimeas a dhèanamh le siostam poilitigeach ann an co-chomann eile leithid na Stàitean Aonaichte (USA) no le Poblachd Sluagh Shìona.

- ◆ Faodaidh tuigse do na cùisean sòisealta a bhith air a dhoimhneachadh le bhith a' sgrùdadh fhreagairtean an riaghaltais do neo-ionannachd san Rìoghachd Aonaichte agus dèanamh coimeas eadar seo agus freagairtean an riaghaltais don chùis shòisealta seo ann an dùthchannan eile. Mar eisimpleir, faodaidh an dòigh a tha aig riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte ann an dèiligeadh le neo-ionannachd cinnidh a bhith air a mhion-sgrùdadh tro choimeas leis an dòigh a tha aig dùthaich eile a chaidh a sgrùdadh, mar eisimpleir na Stàitean Aonaichte no Afraga a Deas.

Tha ionnsachadh mu Alba agus cultar Albannach a' saidhbhreachadh eòlas ionnsachaidh oileanaich agus gan cuideachadh gu na sgilean airson ionnsachadh, beatha agus cosnadh a leasachadh, air a bheil feum aca gus an ullachadh airson an àite a ghabhail ann an Alba eadar-mheasgte, in-ghabhalach agus com-pàirteachail agus air a taobh a-muigh. Far a bheil cothroman air modhan ionnsachaidh is teagaisg a cho-theacsachadh gu co-theacsaichean Albannach, bu chòir do thidsearan is òraidichean seo a dhèanamh.

Chan eil òrdugh teagaisg air a mholadh airson a' chùrsa seo. Ach bu chòir cothrom a bhith aig oileanaich air raon de chuspairean a sgrùdadh mus tagh iad cuspair no cùis airson na h-obrach sònraichte aca. Bu chòir do leasachadh sgilean a bhith na phàirt de theagasg agus ionnsachadh bhon toiseach gus oileanaich a chuideachadh gu an sgilean a thogail mean air mhean tron chùrsa air fad.

Tha measadh na phàirt iomlan de dh'ionnsachadh agus de theagasg. Bu chòir do chùrsa Nuadh-eòlas Àrd-Ìre brosnachadh agus taic a chur ri ionnsachadh neo-eisimeileach.

Tha oileanaich ag ionnsachadh nas fheàrr nuair a tha iad:

- ◆ a' tuigsinn gu soilleir na tha iad a' feuchainn ri ionnsachadh, agus na thathar a' sùileachadh bhuaipa
- ◆ a' faotainn ais-fhiosrachadh mu chàileachd na h-obrach aca, agus nas urrainn dhaibh a dhèanamh airson a dhèanamh nas fheàrr
- ◆ a' faighinn comhairle air mar a leasaicheas iad cùisean agus an sàs gu h-iomlan ann an co-dhùnadh air dè an ath cheum a dh'fheumas iad a ghabhail
- ◆ air fios fhaotainn air cò as urrainn an cuideachadh ma bhios feum aca air

Bu chòir do thidsearan is òraidichean:

- ◆ brosnachadh agus taic a chur ri ionnsachadh neo-eisimeileach
- ◆ oileanaich a chuideachadh gu riatanasan a' chùrsa a thuigsinn le bhith a' roinn ionnsachadh agus/no slatan-tomhais measaidh
- ◆ ais-fhiosrachadh èifeachdach a libhrigeadh
- ◆ oileanaich a bhrosnachadh gu an cinn-uidhe fhèin a shuidheachadh
- ◆ oileanaich a bhrosnachadh gu ìre an eòlais làithrich a mheasadh
- ◆ oileanaich a bhrosnachadh gu fèin-luachadh agus luachadh chomhaoisean
- ◆ ceasnachadh gu h-èifeachdach a' cleachdadh ceasnachadh àrd-ìreil mar a bhios iomchaidh

Faodaidh cleachdadh air measadh airson adhbharan leasachail àite cudromach a sholarachadh ann an togail buileachaidh, le bhith:

- ◆ a' toirt fiosrachadh air ais
- ◆ a' mionaideachadh adhartas
- ◆ a' comharrachadh neartan oileanaich agus raointean leasachaidh

## Ullachadh airson measadh cùrsa

### Susbaint cùrsa

Tha an clàr a leanas a' sealltainn an eòlais agus tuigse airson a' chùrsa (an colbh clì) agus eisimpleirean de dhòighean comasach sam faodadh an t-susbaint seo a bhith air a chòmhdach (colbh deas). Tha na h-eisimpleirean mìneachail seo neo-àithnteil, tha iad airson comhairle agus chan eil iad gu tur iomlan.

#### Roinn 1: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte

Tha oileanaich a' sgrùdadh taobhan den t-siostam phoilitigeach dheamocratach san RA, a' gabhail a-steach àite Alba taobh a-staigh an t-siostaim seo. Tha sgrùdaidhean cùise buntainneach gan cleachdadh bhon dara cuid Alba no bhon RA, no bhon dà chuid Alba agus an RA.

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa  | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|--|---|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ roghainnean comasach eile airson riaghladh na h-Alba</li> </ul>                 | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ an rèiteachadh tiomnaichte mar a chaidh a bhuileachadh ann an 1999</li> <li>◆ dleastanas agus cumhachdan Riaghaltas Westminster agus/no Riaghaltas Holyrood</li> <li>◆ atharrachaidhean, leudachaidhean agus cuibhreachaidhean a tha molta air cumhachdan Riaghaltas Holyrood</li> <li>◆ argamaidean airson agus an aghaidh: <ul style="list-style-type: none"> <li>— tilleadh gu rèiteachaidhean ro thiomnadh cumhachd</li> <li>— leudachaidhean air cumhachdan tiomnaichte leithid 'fèin-riaghladh adhartach' no 'fèin-riaghladh fiosgail'</li> <li>— molaidhean airson siostam làn fheadarail</li> <li>— neo-eisimeileachd</li> </ul> </li> </ul> |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidhean co-dhùnadh na RA a thaobh an t-Aonadh Eòrpach (EU) fhàgail</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ toraidhean reifreann an EU</li> <li>◆ pàtran bhòtaidh am measg diofar roinnean den àireamh-sluaigh ann an reifreann an EU</li> <li>◆ deasbad air an fheum air reifreann eile mu theirmean Brexit</li> <li>◆ cruthan eile de Bhrexit agus ar ballrachd leantainneach de chuid de ghnàthasan no de bhuidhnean Eòrpach, mar eisimpleir, a' mhargaid shingilte, an t-aonadh cusbainn, Brexit Cruaidh agus Bog</li> </ul>   |

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa   | Eisimpleirean de mhodhan comasach  |
|---|--|
|   | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ deasbad air buannachdan is eas-bhuannachdan sòisealta, eaconamach agus poilitigeach Bhrexit don RA agus/no Alba agus do ghnìomhachasan fa leth agus roinnean den àireamh-sluaigh</li> </ul>   |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ èifeachdas riochdairean pàrlamaideach ann an cumail an riaghaltais cunntachail</li> </ul>                                      | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ dleastanas BPan, morairean agus BPAan ann an cumail an riaghaltais cunntachail, mar eisimpleir, Ceistean a' Phrìomhaire no Ceistean a' Phrìomh Mhinistear</li> <li>◆ slighe Bile tro Westminster agus/no Pàrlamaid na h-Alba agus na cothroman a th' ann air casg agus/no mion-sgrùdadh</li> <li>◆ dleastanas nan comataidhean agus an dara seòmair ann an Westminster agus/no comataidhean Pàrlamaid na h-Alba</li> <li>◆ dleastanas na roinne-gnìomha, a' gabhail a-steach Prìomhaire no Prìomh Mhinistear agus an Caibineat, ann am freagairt do sgrùdaidhean pàrlamaideach</li> <li>◆ dàimh agus co-chothrom cumhachd eadar reachdaireachd agus riaghaltas</li> <li>◆ an dàimh eadar Pàrlamaid na RA agus Pàrlamaid na h-Alba agus comas gach aon buaidh a thoirt air a chèile, mar eisimpleir, comas BPA buaidh a thoirt air poileasaidh Riaghaltas na RA a thaobh Brexit</li> </ul> |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ neartan agus laigsean nan diofar shiostaman taghaidh a chaidh a chleachdadh ann an taghaidhean taobh a-staigh na RA</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cunntas air siostaman bhòtaidh air an cleachdadh san RA</li> <li>◆ measadh air siostaman bhòtaidh a thaobh riochdachadh, roghainn, cothromachd agus iom-fhillteachd</li> <li>◆ buaidh siostaman bhòtaidh air toraidhean taghaidh aig ìre ionadail, tiomnaichte no RA</li> <li>◆ builean comasach thaghaidhean a' gabhail a-steach riaghaltas mòr-chuid no beag-chuid agus co-bhanntachd</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ bun-chùisean a tha a' toirt buaidh air giùlan bhòtaidh a' gabhail a-steach clas, aois agus meadhanan</li> </ul>                | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ bun-chùisean a' toirt buaidh air giùlan bhòtaidh – cùisean traidiseanta mar chlas sòisealta agus a chudromachd atharrachail (di-thaobhadh chlasaichean) a' gabhail a-steach fianais bho thaghaidhean</li> <li>◆ cùisean geàrr-amail mar na meadhanan traidiseanta – na roinnean den cho-chomann air a bheil a' bhuidh as motha agus/no as targaidichte</li> <li>◆ meadhanan sòisealta is didseatach – na roinnean den cho-chomann air a bheil a' bhuidh as motha agus/no as targaidichte</li> </ul>   |

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa  | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|--|---|
|  | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh diofar sheòrsaichean mheadhanan air gluasadan bhòtaidh</li> <li>◆ buaidh gnìomhachd mheadhanan air ìomhaigh nan stiùirichean pàrtaidh agus taisbeanadh air poileasaidh pàrtaidh</li> <li>◆ fàs air cudromachd ann an sanasachd phoilitigeach thargaidichte air an eadar-lìon agus fàs air ‘naidheachdan fuadain’</li> <li>◆ cudromachd aois, mar a chunnacas ann an taghaidhean tràth na 21<sup>mh</sup> linn, agus reifreannan agus an ceanglaichean ri meadhanan agus clas</li> <li>◆ nithean eile leithid gnè, sgìre agus creideamh</li> </ul>   |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ dòighean sam faod saoranaich buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean an riaghaltais, a’ gabhail a-steach buidhnean strì</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ àite bhuidhnean strì san t-siostam phoilitigeach agus an cudromachd ann an deamocrasaidh a tha ag obrachadh mar dhòigh air com-pàirteachadh</li> <li>◆ àite nam meadhanan san t-siostam phoilitigeach, a’ gabhail a-steach nan diofaran eadar còmhachd poilitigeach nan diofar chraoladairean agus pàipearan naidheachd</li> <li>◆ luachadh buaidh bhuidhnean strì air an t-siostam phoilitigeach, agus na suidheachaidhean a tha a’ ceadachadh do chuid de bhuidhnean a bhith nas èifeachdaich ann an toirt buaidh air co-dhùnaidhean, seach feadhainn eile</li> <li>◆ luachadh buaidh nam meadhanan air an t-siostam phoilitigeach, a’ gabhail a-steach buaidh nam pàipearan naidheachd anns na taghaidhean mu dheireadh agus comas phàrtaidhean ‘s an stiùirichean còmhachd mheadhanan a ‘làimhseachadh’</li> </ul> |

## Roinn 2: Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte

Tha roghainn cho-theacsaichean chùisean sòisealta aig oileanaich airson an sgrùdadh. Tha iad sin a’ cuimseachadh air cion co-ionannas sòisealta no eucoir agus an lagh.

### Roghainn 1: neo-ionannachd sòisealta

Ann an co-theacsa cion co-ionannas sòisealta, tha oileanaich a’ cuimseachadh air a’ bhuidhean aig cion co-ionannas sòisealta air buidheann buntainneach sam bith.

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa  | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|--|---|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ adhbharan gu bheil neo-ionannachd teachd-a-steach agus beairteas ann</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ diofaran ann an tuarastal</li> <li>◆ neo-ionannachdan foghlaim a’ leantainn gu comas cosnaidh neo-ionann</li> <li>◆ leth-breith cinnidh agus gnè</li> <li>◆ eaconamaidh calpach a’ leantainn gu duaisean neo-ionann</li> </ul> |

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa  | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|--|---|
|  | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ dìleab teaghlaich</li> <li>◆ neo-ionannachdan taigheadais</li> <li>◆ ro-dhèidhealachd agus eucoireachd</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ adhbharan gu bheil neo-ionannachdan slàinte ann</li> </ul>  | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ bochdainn</li> <li>◆ biadh, smocadh agus eacarsaich</li> <li>◆ mì-fheum air alcol is drogaichean</li> <li>◆ droch thaigheadas</li> <li>◆ cinnidheachd, gnè agus aois</li> <li>◆ gintinneachd</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh neo-ionannachd air buidheann no buidhnean sa cho-chomann</li> </ul>  | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ bochdainn chloinne is cùisean slàinte</li> <li>◆ neo-ionannachd gnè agus cùisean slàinte</li> <li>◆ neo-ionannachd cinnidheach agus cùisean slàinte</li> <li>◆ eucoir, foghlam agus taigheadas</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ deasbad neo-eisimeileach agus buidheannach</li> </ul>   | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ traidisean na na stàit shochairan san RA</li> <li>◆ eisimpleirean de phoileasaidhean sòisealta o chionn ghoirid a tha ag adhartachadh na stàit no an neach fa leth</li> <li>◆ argamaidean airson agus/no an aghaidh solar stàite a thaobh slàinte agus seirbheisean shochairan</li> <li>◆ argamaidean airson agus/no an aghaidh solar slàinte agus seirbheisean shochairan le daoine fa leth</li> </ul>              |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ èifeachdas cheumannan a ghabhadh gus dèiligeadh ri neo-ionannachdan, a' gabhail a-steach tomhasan an riaghaltais</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ poileasaidhean ùra shochairan sòisealta</li> <li>◆ buaidh nam poileasaidhean sin air slàinte agus/no neo-ionannachdan shochairan</li> <li>◆ poileasaidhean a th' ann fhathast a thugadh a-steach le riaghaltasan roimhe, mar eisimpleir, bun-tuarastal, òrdughan-cungaidh an-asgaidh</li> <li>◆ poileasaidhean a thugadh a-steach leis an riaghaltas làithreach, mar eisimpleir, cuibhreachadh shochairan</li> </ul> |

## Roghainn 2: eucoir agus an lagh

Ann an co-theacsa eucoir agus an lagh, tha oileanaich a' cuimseachadh air taobhan buntainneach is co-aimsireil eucoir, eucoireachd agus an lagh. Tha iomraidhean iomchaidh gan toirt air Alba, an RA, no an dà chuid Alba agus an RA.

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa   | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|---|---|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ còraichean is dleastanasan laghail shaoranaich na RA</li> </ul>                  | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ còraichean is dleastanasan laghail; neoichiontach gus an tèid ciont a dhearbhadh, cùis-cùirte chothromach, riochdachadh laghail, spèis do chuid, còraichean co-ionann</li> <li>◆ farsaingeachd an lagh sa cho-chomann: catharra, eucorach; seòrsaichean eucoir</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ adhbharan is teòiridhean eucoir</li> </ul>                                       | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ teòiridhean bith-eòlach</li> <li>◆ teòiridhean saidhc-eòlach</li> <li>◆ teòiridhean sòisio-eòlach</li> <li>◆ teòiridhean roghainneach fa leth no teòiridhean sòisealachd buidhne</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh eucoir air fulangaich, eucoraich agus an teaghlaichean</li> </ul>         | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh phearsanta air fulangaich: call ionmhasail, call misneachd, call teachd-a-steach agus fulangas fiosaigeach</li> <li>◆ buaidh phearsanta air eucoraich: peanas ionmhasail, prìosan, dìth-cosnaidh, agus call inbhe agus/no spèis</li> <li>◆ buaidh air teaghlaichean ffulangaich is eucoraich: call neach gràdhach, cruadalas ionmhasail, agus call inbhe agus/no spèis</li> </ul>   |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh shòisealta agus eaconamach eucoir air a' cho-chomann fharsaing</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh coimhearsnachd: buil eaconamach mar thoradh air call inbheistidh a' leantainn gu dìth-cosnaidh nas àirde, bochdainn</li> <li>◆ buaidh phoilitigeach: cùis do riaghaltasan agus comhairlean ionadail ma tha e air fhaicinn nach eilear a' dèiligeadh le eucoir</li> <li>◆ cosgaisean poilitigeach a thuilleadh air neo-ionannachd cinnidheach agus/no cùisean slàinte</li> <li>◆ eucoir, foghlam agus/no taigheadas</li> </ul> |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ èifeachdas fhreagairtean a thaobh peanas prìosain no neo-pheanas</li> </ul>      | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ fuasglaidhean peanasach: càinean, binn prìosain (geàrr-amail no fad-amail)</li> <li>◆ binn stèidhichte sa choimhearsnachd leithid Òrdughan Seirbheis Coimhearsnachd (CSOs) agus òrdughan tagaidh</li> <li>◆ luachadh air soirbheachadh bhinn stèidhichte sa choimhearsnachd agus binn prìosain</li> </ul>  |

### Roinn 3: Cùisean eadar-nàiseanta

Tha roghainn de cho-theacsaichean cùis eadar-nàiseanta aig oileanaich airson an sgrùdadh. Tha iad sin a' cuimseachadh air an dara cuid sgrùdadh prìomh chumhachd saoghail no sgrùdadh air cùis saoghail cho-aimsireil a tha cudromach.

### Roghainn 1: cumhachdan an t-saoghail

Tha sgrùdadh air cumhachd saoghail a' cuimseachadh air cùisean poilitigeach agus sòisio-eaconamach. Faodaidh oileanaich prìomh chumhachd saoghail a thaghadh bho bhall sam bith de bhuidheann dhùthchannan G20, a' gabhail a-steach an EU ach a' fàgail às an RA.

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa  | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|--|---|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ an ìre gu bheil an siostam poilitigeach a' ceadachadh com-pàirteachadh deamocratach</li> </ul>      | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ nàdar thaghadh agus am buaidh air dèanamh cho-dhùnaidhean</li> <li>◆ comas an àireamh-sluaigh a bhith nam ball de phàrtaidh no buidheann strì</li> <li>◆ còraichean saorsa labhairt no gearan an aghaidh gnìomh riaghaltais</li> <li>◆ saorsa nam meadhanan agus comas a' phobail air beachdan a libhrigeadh</li> <li>◆ luachadh air an ìre a dh'fhaodadh an cumhachd saoghail a bhith air fhaicinn deamocratach, 's e sin, an ìre gu bheil an riaghaltas cunntachail do rùn an t-sluaigh</li> </ul> |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ ionadan poilitigeach agus an comas air buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean an riaghaltais</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ prìomh ionadan agus oifisean co-dhùnaidh an riaghaltais</li> <li>◆ comas aon ionad, pàrtaidh no meur de riaghaltas buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean</li> <li>◆ cumhachdan na roinne-gnìomha, na reachdadaireachd agus na roinne-ceartais mar a tha mìnichte ann am bun-reachd</li> </ul>   |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ neo-ionannachd sòisio-eaconamach agus a buaidh air buidheann sònraichte sa cho-chomann</li> </ul>   | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cunntas air neo-ionannachd sòisio-eaconamach eadar buidhnean cudromach sa cho-chomann</li> <li>◆ adhbharan neo-ionannachd agus leasachaidhean ùra</li> <li>◆ buaidh neo-ionannachd air buidheann sa cho-chomann; buidhneachadh a rèir cinnidh, gnè agus aois</li> <li>◆ buaidh neo-ionannachd a thaobh, mar eisimpleir, teachd-a-steach, cosnadh, slàinte, taigheadas, eucoir, foghlam</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ èifeachdas freagairtean an riaghaltais do neo-ionannachd sòisio-eaconamach</li> </ul>               | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ freagairtean an riaghaltais do neo-ionannachd agus oidhirpean air dèiligeadh leis leis a' chùis: sochairean, seirbheisean, inbheisteadh eaconamach, iomairtean foghlaim agus iomairtean taigheadais</li> <li>◆ luachadh air èifeachdas fhreagairtean an riaghaltais ann an dèiligeadh le cion co-ionannas sòisealta</li> </ul>   |

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa  | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|--|---|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidh eadar-nàiseanta cumhachd saoghail</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ gnìomhadh le buidhnean eadar-nàiseanta; na Dùthchannan Aonaichte (UN), EU, NATO, An t-Aonadh Afraganach</li> <li>◆ dàimh le dùthchannan eile: dàimh leis na nàbaidhean as dlùithe, a' gabhail a-steach taic phoilitigeach, eaconamach, dhaonnachdail no armailteach</li> <li>◆ luachadh air buaidh agus cumhachd eadar-nàiseanta tro bhuidhnean air na nàbaidhean as dlùithe, air an roinn no air an t-saoghal iomlan</li> </ul> |

## Roghainn 2: cùisean an t-saoghail

Tha sgrùdadh air cùis saoghail a' cuimseachadh air cùis no còmhstri ùr chudromach sam bith a tha a' dol seachad air crìochan aon dùthcha shingilte, agus a' bhuidhnean aige a dh'fhaodadh a bhith sgìreil no cruinneil.

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa   | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|---|---|
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cùisean sòisealta, eaconamach agus poilitigeach a tha air a' chùis adhbhrachadh</li> </ul>                   | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ tar-shealladh air cùis saoghail agus tuigse do mheud a buaidh</li> <li>◆ adhbharan poilitigeach is creideamhach airson còmhstri</li> <li>◆ nithean sòisealta agus eaconamach a tha a' nochdadh cùis eadar-nàiseanta leithid bochdainn, dìth cosnaidh agus aimhritean mu dheidhinn talamh</li> </ul>  |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidhean na cùise air daoine fa leth, teaghlaichean agus coimhearsnachdan</li> </ul>                        | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidhean na cùise air daoine fa leth agus teaghlaichean: bochdainn, cion-dachaigh, galar, iomallachd, fòirneart agus bàs</li> <li>◆ buaidhean air coimhearsnachdan: dìth inbheistidh, dìth-cosnaidh, bochdainn, co-chomann catharra a' briseadh sìos agus briseadh-sìos air lagh is òrdugh</li> </ul>   |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidhean na cùise air na riaghaltasan co-cheangailte agus air a' choimhearsnachd eadar-nàiseanta</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buaidhean na cùise air dùthchannan agus an riaghaltasan: barrachd dhuilgheadasan sòisealta a' leantainn gu feum nas motha air caiteachas an riaghaltais, bagairt air soirbheachadh na stàit, briseadh-sìos air lagh is òrdugh, seachaint le dùthchannan eile agus air am burraidheachd le stàitean nàbaidheach</li> <li>◆ lùghdachadh ann am malairt a' leantainn gu duilgheadasan ionmhasail agus ruith-airgid</li> </ul> |

| Sgilean, eòlas agus tuigse don mheasadh cùrsa   | Eisimpleirean de mhodhan comasach   |
|---|---|
|   | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ neo-sheasmhachd san dùthaich a' leantainn gu duilgheadasan ceudna ann an dùthchannan nàbaidheach no còmhstri le nàbaidhean cumhachdach</li> <li>◆ sgaradh taobh a-staigh na coimhearsnachd eadar-nàiseanta: taobh a-staigh Comhairle Tèarainteachd nan Dùthchannan Aonaichte, aimhreitèan mu stòrasan, gnìomhadh air feachdan armailteach agus buileachadh air air smachd-bhannan</li> </ul> |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ èifeachdas dhùthchannan fa leth ann an dèiligeadh leis leis a' chùis</li> </ul>  | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ oidhirpean nàiseanta air a' chùis fhuasgladh: armailteach, daonnachdail, ionmhasail</li> <li>◆ luachadh air soirbheachadh iomairtean nàiseanta, mar eisimpleir, lùghdachadh ann am bàsan, cùmhnantan sìthe soirbheachail, goireasan meidigeach nas fheàrr</li> </ul>   |
| <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ èifeachdas bhuidhnean eadar-nàiseanta ann an dèiligeadh leis a' chùis</li> </ul> | <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ oidhirpean roinneil agus eadar-nàiseanta air cùisean eadar-nàiseanta fhuasgladh; an UN, EU, NATO, An t-Aonadh Afraganach (cumail-sith, cobhair ionmhasail no eile, còmhraidhean sìthe, bacaidhean-malairt)</li> <li>◆ luachadh air oidhirpean nàiseanta, roinneil agus eadar-nàiseanta air cùisean eadar-nàiseanta fhuasgladh</li> </ul>   |

## Tuilleadh stiùiridh air measadh cùrsa

### Pàipear cheistean

Bu chòir do dh'oileanaich eisimpleirean buntainneach nua-aimsireil a thoirt seachad nam freagairtean do gach cuid cheistean 12 comharra agus 20 comharra oir tha seo a' cuideachadh oileanaich gu comharran àrda a choileanadh.

Bu chòir do dh'oileanaich dèanamh cinnteach gu bheil am freagairtean a' freagairt air na h-iarntasan anns a' cheist shònraichte a thathar a' faighneachd. Tha buaireadh làidir ann do dh'oileanaich freagairtean 'ullaichte ro-làimh' a sgrìobhadh don chuspair choitcheann a tha còmhdaichte sa cheist, ach chan eil coltas gun coisinn an dòigh-obrach seo comharran àrda. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh gu ath-obair a dhèanamh air cuspairean ach a bhith deiseil airson ancuid eòlais atharrachadh airson freagairt air a' cheist.

Ann an ceistean stòir nan 'co-dhùnaidhean', feumaidh oileanaich a bhith comasach air co-dhùnaidhean leasaichte agus geur-bheachdail a lìbhrigeadh, a' nochdadh bheachdan luachaidh an dèidh don bhun-stuth a sgrùdadh. Tha na comharran uile do na ceistean sin air am buileachadh airson a bhith a' cleachdadh stòran agus chan eil iad air am buileachadh airson a' cho-dhùnaidh fhèin. Ach, às aonais co-dhùnadh dligheach, coisinnidh oileanaich 0 comharra.

Cha bu chòir don cho-dhùnadh iomlan san t-seòrsa ceist seo a bhith na gheàrr-iomradh ann am facail eile den fhreagairt a thugadh do na trì puingean-peileir. Bu chòir do thidsearan is òraidichean moladh do dh'oileanaich a' phàirt seo den cheist a leughadh gu cùramach. Ged a dh'fhaodar an aon fhianais a chleachdadh, bu chòir don cho-dhùnadh iomlan breithneachadh beachdail a sholarachadh a tha buntainneach do na facail sa cheist. Coisinnidh in-ghabhail air cùl-eòlais 0 comharra.

Ann an ceistean 'mionaideachd' an stòir, bu chòir do dh'oileanaich breithneachadh 'uimhireil' thar cheann a ghabhail a-steach, mar eisimpleir, 'fìor-cheart sa mhòr-chuid' agus taic a chur ri seo leis an fhianais as dearbhte. Gheibh aithrisean a tha a' moladh gu bheil an aithris gu tur ceart no gu tur mì-cheart, 0 comharra. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a dhi-mhisneachadh bho bhith a' gabhail a-steach bhreithneachaidhean leithid 'fìor-cheart gu ìre' oir chan eil iad soilleir gu leòr.

Ann an ceistean air 'earbsachd' stòran, bu chòir do dh'oileanaich measadh fa leth a thoirt seachad air earbsachd airson gach aon de na trì stòran. Bu chòir beachdan a thoirt seachad air na stòran sònraichte mar a tha iad a' nochdadh ann am pàipear nan ceistean, agus cha bu chòir beachdan a thoirt seachad de nàdar coitcheann: mar eisimpleir, bu chòir beachd a thoirt seachad chan ann air leiteachas ann am pàipearan-naidheachd uile ach air leiteachas sa phàipear-naidheachd a thathar a' chleachdadh sa cheist. Faodar beachdachadh air aois stòir, ach feumaidh oileanaich mìneachadh iomlan a thoirt seachad air carson a tha aois stòir ga dhèanamh neo-earbsach. Chan eil ceann-latha crìch chruaidh ann a thaobh airson aois stòir. Sa cho-dhùnadh san fharsaingeachd air an stòr-fiosrachaidh as earbsaiche, bu chòir gabhail a-steach puingean coimeis eadar na trì stòran-fiosrachaidh uile. Far nach eilear a' toirt seachad ach beachd sìmplidh air neart an stòir thaghte, chan fhaighear ach pàirt de na comharra.

## **Obair shònraichte**

### **Taghadh cuspair no cùis iomchaidh nuadh-eòlais**

Bu chòir do dh'oileanaich cùis a thaghadh airson a sgrùdadh, a tha:

- ◆ an dà chuid co-aimsireil agus buntainneach
- ◆ cùis nuadh-eòlais, on a tha e a' leasachadh tuigse don chùis tro bhith a' cleachdadh modh-obrach aon no barrachd de na cuspairean a leanas:
  - poilitigs
  - soiseòlas
  - dàimhean eadar-nàiseanta
  - eaconamas
- ◆ cùis a bhios a' cruthachadh raon de bheachdan agus/no roghainnean-poileasaidh comasach, agus mar sin a tha a' leigeil le co-dhùnadh no moladh a bhith air a dhèanamh

Tha an obair shònraichte a' fosgladh chothroman do dh'oileanaich gu taghadh a dhèanamh bho raon de chuspairean comasach, mar eisimpleir:

- ◆ Am bu chòir do dh'Alba a bhith na dùthaich neo-eisimeileach?
- ◆ Am bu chòir do Thaigh nam Mòrairean a bhith air an taghadh gu h-iomlan?
- ◆ Am bu chòir do Phàrlamaid na RA a bhith air a taghadh tro riochdachadh co-chuideil no leantainn air adhart ga taghadh tro shiostam àireamh bhòtaichean as motha?

- ◆ A bheil clas sòisealta a-nis na chùis nas lugha brìgh ann a bhith a' socrachadh mar a bhios daoine a' bhòtadh seach aois agus gnè?

Tha na ceistean gu h-àrd airson stiùireadh a-mhàin agus tha iad a' tarraing air eòlas agus tuigse sa mhòr-chuid bho roinn 'deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte'. Dh'fhaodadh tuilleadh dùbhlain is gnìomhaidh a bhith a' toirt a-steach taobh coimeasach le bhith tarraing air eòlas agus tuigse do shiostaman poilitigeach eile a tha leasaichte ann an roinn 'cùisean eadar-nàiseanta'.

Faodaidh obair shònraichte beachdachadh air cùis no duilgheadas sòisealta agus na roghainnean eile airson fuasgladh a thoirt don chùis no duilgheadas, mar eisimpleir poileasaidhean riaghaltais airson dèiligeadh ri mì-chleachdadh dhrogaichean. Air neo, dh'fhaodadh obair shònraichte beachdachadh air adhbhar/adhbharan airson cùis no duilgheadas sòisealta. San dà shuidheachadh, feumar co-dhùnadh/co-dhùnaidhean a dhèanamh, no dòigh/dòighean air adhart a mholadh.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh a bhith a' coileanadh na h-obrach sònraichte aca ann an stoidhle aithisg le bhith a' cleachdadh cinn-sgrìobhaidh is earrannan freagarrach.

### **Duilleag rannsachaidh**

Bu chòir do dh'oileanaich obair dìreach bhon duilleig rannsachaidh aca airson aithisg na h-obrach sònraichte aca. Bu chòir dhaibh aithne shoilleir a thoirt do na stòran (ùghdar, ceann-latha foillseachaidh, tiotal, ainm an fhoillseachaidh), agus cha bu chòir fiosrachadh sam bith air a mheas mar eòlas a bhith air a ghabhail a-steach.

Tha dà thaobh de phàipear A4 air a cheadachadh mar dhuilleag rannsachaidh. Chan eil planaichean, duilleagan cuimhneachaidh eòlais no dòighean coltach ri sin ceadachd.

Bu chòir do dhuilleagan rannsachaidh a bhith a' gabhail a-steach fiosrachadh a tha feumail don oileanach agus a tha a' solarachadh fianais air rannsachadh.

Lorgar tuilleadh stiùiridh air duilleagan rannsachaidh ann am 'Pàipear-taic 2'.

### **Eòlas**

Bu chòir do dh'oileanaich puingeann eòlais a ghabhail a-steach tron aithisg aca gus a' chùis a fhrèamadh agus taic a chur ris an argamaid agus an agus an anailis aca.

### **Anailis agus/no co-thàthadh**

Tha oileanaich a' cosnadh chomharran anailis agus/no co-thàthaidh nuair a chleachdas iad fiosrachadh bho na stòran a tha iad air a thional tron rannsachadh aca, agus air an gabhail a-steach don duilleig rannsachaidh aca. Is e deagh chleachdadh a th' ann do dh'oileanaich iomradh a thoirt air, agus aithris bhon fhiosrachadh seo mar thaic do dh'argamaid no roghainn poileasaidh. Cha choisinn lethbhreacadh air sgèile mhòr no anailis air ullachadh ro-làimh, comharran sam bith a bharrachd. Feumaidh oileanaich barrachd is dìreach lethbhreac a dhèanamh no am fiosrachadh ath-aithris.

### **Luachadh stòir**

Ann an luachadh earbsachd stòran, bu chòir do dh'oileanaich iomradh sònraichte a thoirt air stòran a tha iad air a ghabhail a-steach don duilleig rannsachaidh aca. Bu chòir dhaibh cuimseachadh air an làrach-lìn no air an artaigil pàipear-naidheachd sònraichte a tha iad air a chleachdadh agus air a ghabhail a-steach don duilleig rannsachaidh aca.

### **Co-dhùnadh**

Tha oileanaich a' cosnadh chomharran airson a bhith a' dèanamh co-dhùnadh no moladh soilleir aig a bheil taic bho argamaid agus/no fianais sònraichte. Bu chòir dhaibh cuideachd beachdachadh air na h-adhbharan nach deach roghainnean eile a chunntadh.

# Leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgileadh cosnaidh

Bu chòir do thidsearan agus òraidichean cothroman a chomharrachadh tron chùrsa air fad airson oileanaich an sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh a leasachadh.

Bu chòir do dh'oileanaich a bhith mothachail do na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan agus òraidichean comhairle a thoirt seachad air cothroman gu an cleachdadh agus an leasachadh.

Chan eil SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnaidh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd air sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir nam modhan-obrach a thathar a' cleachdadh airson an cùrsa a libhrigeadh anns gach ionad. Tha seo suas ri tidsearan is òraidichean fa leth a stiùireadh.

## 1 Litearrachd

Tha an cùrsa Nuadh-eòlas Àrd-Ìre a' solarachadh chothroman do dh'oileanaich an sgilean litearrachd a leasachadh, gu h-àraidh leughadh is sgrìobhadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh gu leughadh cho farsaing 's as urrainn dhaibh agus sgrìobhadh leudaichte a thoradh mar as iomchaidh, gus adhartas a ghoireasachadh gu teisteanasan eile ann an nuadh-eòlas is raointean co-cheangailte, agus an saoghal na h-obrach. Tha oileanaich buailteach eòlas a chur air sgilean èisteachd is labhairt ann an deasbadaidh agus deasbairteachd sa chlas.

Faodaidh oileanaich measgachadh de theacsaichean a leughadh mun chuspair no mun chùis a tha iad a' sgrùdadh, a' gabhail a-steach raon de phàipearan naidheachd ann an clò no ann an cruth eileagtronaigeach. Faodaidh iad an sgrùdadh taobh ri taobh le rannsachadh acadaimigeach no aithisgean riaghaltais aig ìre iomchaidh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iad comasach air beachdachadh air mòran diofar sheòrsaichean de theacsaichean agus beachdachadh air am buannachdan is cuibhreachaidhean a thaobh solarachadh fiosrachaidh airson an cuideachadh le crìoch a chur air an obair shònraichte.

Tha an obair shònraichte a' solarachadh farsaingeachd mhòr airson leasachadh air sgilean sgrìobhaidh. Faodaidh oileanaich geàrr-iomradh a dhèanamh air an rannsachadh a tha iad air a choileanadh, prìomh phuingean agus argamaidean a chomharrachadh, luach nan diofar stòran a mheasadh agus a luachadh, agus beachdan is barailean a libhrigeadh, a thuilleadh air meòrachadh gu pearsanta air na thathar air ionnsachadh.

### 1.1 Leughadh

Tha oileanaich a' leasachadh an sgilean litearrachd ann an dòighean cudromach le bhith a' leughadh:

- ◆ pàipearan-naidheachd (faodar sgilean a leasachadh a' cur taic no a' dol an aghaidh bheachdan, a' cleachdadh fiosrachadh fìrinneach)
- ◆ litreachas iomairt, mar eisimpleir, bileagan pàrtaidh poilitigeach no buidheann strì, postairean agus fiosrachadh air làraichean-lìn

- ◆ blogaichean
- ◆ leabhraichean-latha
- ◆ fiosrachadh buntainneach air a thaghadh bho stòr

## 1.2 Sgrìobhadh

Tha oileanaich a' leasachadh an sgilean sgrìobhaidh le bhith:

- ◆ a' cruthachadh cheisteachain is suirbhidhean
- ◆ a' cruthachadh cheistean agallaimh
- ◆ a' sgrìobhadh litrichean gu riochdairean
- ◆ a' leasachadh sgilean gabhail-notaichean le bhith a' taghadh, mar eisimpleir:
  - prìomh phuingeann fiosrachaidh bho làrach-lìn na RA no Pàrlamaid na h-Alba
  - fiosrachadh buntainneach bho raon de stòrasan eucoir agus lagh
  - prìomh phuingeann bho stuth clastinneach no lèirsinneach mu chùis saoghail
  - fiosrachadh bho làraichean-lìn no bho chliopan bhidio no DVDan air an coimhead sa chlas
- ◆ a' dreachdadh agus ag ath-dhreachdadh gheàrr-iomraidhean bho notaichean
- ◆ ag ullachadh notaichean airson com-pàirteachadh ann an deasbad agus deasbaireachd
- ◆ ag eagrachadh smuaintean le bhith a' cur crìoch air mapa bhun-bheachdan le fiosrachadh mionaideach airson adhbharan ath-obair
- ◆ a' dreachdadh agus ag ath-dhreachdadh stuthan airson aithisg no aiste
- ◆ a' grinneachadh smuaintean le bhith a' sgrìobhadh lèirmheas air an obair fhèin agus notaichean airson an leasachadh
- ◆ conaltradh a dh'aon ghnòthaich le bhith a' sgrìobhadh òraid air cùis shònraichte ri thaisbeanadh sa chlas.

## 2 Àireamhachd

Tha oileanaich a' leasachadh sgilean àireamhachd tro luachadh air raon de stòran fiosrachaidh àireamhach, staitistigeach agus grafaigeach rè ghnìomhan-obrach stòr-stèidhichte agus tro chothroman rannsachaidh.

Tha eòlasan air làimhseachadh stòir a' solarachadh chothroman do dh'oileanaich airson dèiligeadh le raon de ghrafaichean, chlàran agus chairtean:

- ◆ Airson cùisean poilitigeach, tha mòran stòran de dhàta air na taghaidhean as ùire a dh'fhaodadh oileanaich a chleachdadh, no dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean an cur an aithne dhaibh agus iarraidh orra gluasadan a chomharrachadh no co-dhùnaidhean a tharraing.
- ◆ Airson cùisean sòisealta, dh'fhaodadh oileanaich suirbhidhean no ceisteachain a dheilbh agus a choileanadh air bochdainn no eucoir agus an dàta air a thional a thaisbeanadh ann an diofar dhòighean.
- ◆ Airson cumhachd saoghail sam bith, tha dàta oifigeil staitistigeach ri fhaotainn air am faodadh oileanaich cothrom fhaighinn airson adhbharan rannsachaidh. Bhon seo, dh'fhaodadh iad tighinn gu co-dhùnaidhean agus argamaidean a chumadh.

- ◆ Airson cùisean eadar-nàiseanta, dh'fhaodadh gum biodh an UN na stòr math de dh'fhiosrachadh staitistigeach. Dh'fhaodadh fiosrachadh iom-fhillte a bhith air eadar-mhìneachadh agus air a shìmpleachadh.
- ◆ Dh'fhaodadh oileanaich taobh sònraichte a rannsachadh ann am paidhrichean no ann am buidhnean beaga agus ceist stòir a chruthachadh, a' mac-samhlachadh iarrtasan a' phàipeir cheistean airson a chrìochnachadh leis a' chòrr den chlas. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh buidhnean beaga fiosrachadh a rannsachadh air cùis dhiofraichte shòisealta no eaconamach airson na dùthcha taghte aca.
- ◆ Bu chòir do dh'oileanaich a bhith comasach air co-dhùnaidhean a ruighinn stèidhichte air dàta agus/no fiosrachadh agus a bhith comasach beachdachadh air earbsachd a leithid sin de fhianais.

Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean stòran staitistigeach a chleachdadh airson gnìomhan iomchaidh a chruthachadh tarsainn an raoin iomlan de cheistean stòr-stèidhichte ann an nuadh-eòlais.

### 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

Nan sgrùdadh air cùisean poilitigeach, sòisealta agus eadar-nàiseanta, tha oileanaich a' coinneachadh ri agus a' cleachdadh raon fharsaing de dh'fhiosrachadh àireamhach, grafaigeach agus dealbhach. Tha aca ri fiosrachadh staitistigeach a làimhseachadh ann an raon de chruthan, mar eisimpleir, grafaichean loidhne, clàir-cearcaill agus grafaichean colbh. Bu chòir dhaibh fiosrachadh bho raon de stòran a chleachdadh agus a bhith comasach air dàta a luachadh gus mionaideachd beachd a bhreithneachadh agus co-dhùnaidhean a tharraing agus fhìreanachadh.

Tha mòran dòighean air na sgilean sin a leasachadh, mar eisimpleir, ann an raon sgrùdaidh 'deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte', dh'fhaodadh iarraidh air oileanaich toraidhean ghrunn thaghadh coitcheann a lorg ann an clàran no ann an grafaichean colbh. Dh'fhaodadh fiosrachadh a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, an ceudad de sheataichean agus an ceudad de bhòtaichean a fhuair pàrtaidh poilitigeach; an àireamh no an ceudad de bhoireannaich no riochdairean bho mhion-bhuidhnean cinnidheach; no staitistigean giùlan bhòtaidh stèidhichte air gnè, cinneadh no aois. Bhiodhte a' sùileachadh gun ruigeadh oileanaich co-dhùnadh iomlan a thaobh:

- ◆ cothromachd ann an riochdachadh, mar eisimpleir, pàrtaidhean poilitigeach a fhuair àireamh mhì-chuimseach de sheataichean a rèir na h-àireimh de bhòtaichean a fhuair
- ◆ fo-riochdachadh, mar eisimpleir, dh'fhaodadh oileanaich na buidhnean sin a chomharrachadh nach d' fhuair àireamh cho-rèireach de riochdairean ris an àireamh aca san RA gu h-iomlan
- ◆ comharrachadh ghluasadan rè ùine, mar eisimpleir, an àireamh de phàrtaidhean poilitigeach nas lugha – a bheil taic air meudachadh no lùghdachadh?
- ◆ gluasadan giùlan bhòtaidh, mar eisimpleir, dè na buidhnean sa cho-chomann as buailtich bhòtadh idir no dè am pàrtaidh. Dh'fhaodadh seo a chleachdadh an uair sin gus beachdachadh air na buaidhean air poilitigs ann an Alba agus san RA no airson dleastanas nam meadhanan

Dh'fhaodadh oileanaich an uair sin an gluasad a chaidh a chomharrachadh a chleachdadh airson tuilleadh rannsachaidh a ghabhail os làimh agus mìneachaidhean comasach airson nan gluasadan sin a sgrùdadh.

## **4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd**

### **4.6 Saoranachd**

Le bhith a' sgrùdadh deamocrasaidh san RA agus Alba agus far a bheil sgrùdadh air cumhachd saoghail air a thaghadh, siostam poilitigeach dùthcha no an EU, tha oileanaich a' leasachadh litearras poilitigeach agus a' rannsachadh prìomh bhun-bheachdan leithid: com-pàirteachadh; riochdachadh, còraichean agus dleastanasan; agus dèanamh cho-dhùnaidhean sa cho-chomann – uile aig teis meadhan thèaman saoranachad.

Faodaidh oileanaich an litearras poilitigeach agus an sgilean saoranachd a leasachadh sna dòighean a leanas mar phàirt den rannsachadh don obair shònraichte aca no mar thaic do an gnìomhachd sa chlasrum:

- ◆ sgrìobhadh litir no post-d gu riochdaire ionadail no nàiseanta
- ◆ tadhal air riochdaire ionadail san fhreastal-lann no san oifis aca
- ◆ tadhal air seòmraichean na comhairle ionadail, Pàrlamaid na h-Alba no Pàrlamaid na RA
- ◆ toirt cuireadh do BPA, BP, comhairliche ionadail no riochdaire aonaidh ciùird airson bruidhinn ris a' chlas — faodaidh oileanaich ceistean ullachadh ro-làimh
- ◆ com-pàirteachadh ann an deasbadan mar bhall den chlas

Le bhith a' sgrùdadh chùisean sòisealta, taobh a-staigh raointean sgrùdaidh cion co-ionannas sòisealta no eucoir agus an lagh, tha oileanaich a' leasachadh tuigse do chùisean iomadachd agus co-ionannachd.

Tha cùisean sòisealta agus am buaidh air daoine fa leth agus air a' cho-chomann, a' toirt chothroman saidhbhir do dh'oileanaich airson beachdachadh agus meòrachadh air an seasamhan a dh'ionnsaigh a' cho-chomainn, agus an àite is àite chàich taobh a-staigh dheth. Tha cothrom aig oileanaich an tuigse a dhoimhneachadh don dòigh a tha an co-chomann ag obair agus do chùisean ris am faodadh iad coinneachadh san àm ri teachd.

Ge bith dè a' chùis eadar-nàiseanta a tha air a theagasg, bu chòir dha a bhith comasach cuimseachadh air còraichean taobh a-staigh na cùise sin. Bhiodh Foirgheall Coitcheann air Còraichean a' Chinne-daonna agus Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne nan sgrìobhainnean fìor fhreagarrach an cleachdadh. Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean liosta slàn a sgaoileadh gu oileanaich de chòraichean chloinne agus iarraidh orra na còraichean a chomharrachadh a bha iad a' faireachdainn a bu chudromaiche don chùis. Dh'fhaodadh seo an uair sin a bhith na bhunait do thuilleadh deasbaid, deasbairreachd no rannsachadh sa chlas.

Tha oileanaich a' coimhead ris na dòighean san urrainn daoine fa leth am beachdan a lìbhrigeadh mu chùis no mu chòmhstri eadar-nàiseanta. Is urrainn dhaibh dèiligeadh le cùisean eadar-eisimeileachd agus eadar-cheangailteachd chruinneil. Dh'fhaodadh togail air com-pàirteachadh gnìomhach ann an cùisean cruinneil tro thaic sgoile do charthannasan leasachail; a bhith an sàs ann am pròiseactan àrainneachdail; no mothachadh meudaichte don àite aig buidhnean strì àrainneachdail agus chòraichean. Le bhith a' sgrùdadh chùisean eadar-nàiseanta agus co-chomainn eile, tha oileanaich a' leasachadh sealladh nas

fharsaingeach agus nas doimhne air cùisean cudromach eadar-nàiseanta agus air taobhan beatha ann an co-chomainn eile.

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

### **5.3 Cur an gnìomh**

#### **5.4 Dèanamh anailis agus luachadh**

Tha oileanaich a' leasachadh an eòlais agus an tuigse do chùisean agus do thachartasan co-aimsireil agus comasach air an eòlas agus an tuigse a chur an cèill airson tachartasan is cùisean fìor. Tha an cùrsa a' brosnachadh gleidheadh air fiosrachadh, anailis air fiosrachadh bho stòran agus bho eòlas togte, agus luachadh air diofar sheòrsaichean de fhianais agus bheachdan. Tha oileanaich a' taisbeanadh nan sgilean sin tro obair sa chlas, gnìomhan air am measadh gu foirmeil agus am measadh cùrsa.

Tha oileanaich a' chùrsa an sàs ann an obair fharsaing gus anailis agus luachadh a dhèanamh air diofar stòran fiosrachaidh. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean am breithneachadh fhèin a chleachdadh ann an treòrachadh oileanaich nas comasaiche a dh'ionnsaigh stòran fiosrachaidh nas iom-fhillte agus leis an sin comas air stòran fiosrachaidh nas saidhbhire.

San obair shònraichte, tha oileanaich a' planadh, ag eagrachadh, a' rannsachadh agus a' leasachadh notaichean air cuspair no cùis de an roghainn fhèin. Stèidhichte air an rannsachadh seo, tha iad a' sgrìobhadh aithisg a' beachdachadh air na h-argamaidean airson agus an aghaidh diofar roghainnean ann an co-theacsa a tha iad air a thaghadh, dèanamh luachadh breithneachail air am modhan rannsachaidh agus a' ruighinn cho-dhùnaidhean agus/no molaidhean le taic. Feumaidh seo a sgrìobhadh fo shuidheachaidhean le smachd.

# Pàipear-taic 2: stiùireadh air duilleagan rannsachaidh obair shònraichte

Tha an roinn seo a' toirt stiùireadh do thidsearan is òraidichean agus oileanaich a thaobh cruthachadh agus deilbh dhuilleagan rannsachaidh ro sgrìobhadh obraichean sònraichte.

Bu chòir do fhianais a chaidh a chruinneachadh le oileanaich tron ìre rannsachaidh a bhith ri fhaotainn ann an duilleagan rannsachaidh Nuadh-eòlas.

Bu chòir do fhianais obair shònraichte oileanaich:

- ◆ gun a bhith barrachd na dà thaobh pàipeir A4. Chan eil cunntas fhacail na lùib
- ◆ fianais a bhith ann air an fhìor stòr a chaidh a chleachdadh. Dh'fhaodadh nach dèan liosta de notaichean seo gu h-èifeachdach
- ◆ aithne shoilleir a thoirt (don ùghdar, ceann-latha foillseachaidh, tìotal, ainm an fhoillseachaidh)
- ◆ gun anailis no argamaid air ullachadh ro-làimh. Tha abairtean bho stòran ceadaichte
- ◆ gun phlana mionaideach ann leis na prìomh argamaidean no cinn
- ◆ nas urrainnear de dhiofar stòran fiosrachaidh 's a bhios feumail do na h-oileanaich
- ◆ gun fhiosrachadh a bhith ann a tha na h-oileanaich an dùil a chleachdadh mar eòlas no mar phàirt den luachadh stòir aca
- ◆ le gu leòr fiosrachaidh a bhiodh feumail do dh'oileanaich ach gun a bhith uimhir 's a dhèanadh comharran eòlais duilich an coileanadh

Chan eil aon teamplaid singilte airson duilleag rannsachaidh 'foirfe'. Bu chòir dhaibh a bhith air an cur ri chèile ann an dòigh a gheibh an t-oileanach feumail. Chan eil duilleag mhionaideach air a cur ri chèile gu cùramach a' barantachadh gun coilean an t-oileanach comharran àrda, dìreach mar nach eil duilleag ghoirid air a cur ri chèile ann an cabhaig a' ciallachadh gun coilean an t-oileanach comharran ìosal.

Chan eil duilleagan rannsachaidh gan comharrachadh. Tha comharran gam buileachadh airson an fheum a nì an t-oileanach den fhiosrachadh a tha san duilleig, agus an cùl-fhiosrachaidh aca fhèin. Feumaidh oileanaich anailis is co-thàthadh a dhèanamh air an fhiosrachadh aca agus a chothlamadh le eòlas gus argamaidean buntainneach a chumadh agus co-dhùnadh co-leanailteach, cunbhalach agus le taic làidir, a ruigsinn.

Tha oileanaich buailteach a bhith fo eas-bhuannachd le duilleagan rannsachaidh anns nach eil ach liosta de URLan. Ma dh'fhàillingeas oileanach air iomradh sònraichte a thoirt air stòr, feumaidh an neach-comharrachaidh a' phuuing a chomharrachadh mar 'eòlas'. Dh'fhaodadh gum ruig an t-oileanach an uair sin glè luath an ìre as àirde de 10 comharran airson eòlas. Mas urrainn don neach-comharrachaidh am fhiosrachadh buntainneach fhaicinn air an duilleig rannsachaidh, dh'fhaodadh gum bi iad comasach comharran anailis na co-thàthaidh a bhùileachadh, a dh'aindeoin nach eil iomradh sònraichte sam bith air leis an oileanach.

## **Luachadh duilleagan rannsachaidh**

Tha na leanas mar luachadh air na ceithir duilleagan rannsachaidh a tha rim faotainn air [làrach-lìn Tuigsinn Inbhean an SQA](#). Faodaidh tidsearan, òraidichean agus oileanaich cothrom fhaighinn air na duilleagan rannsachaidh sin agus beachdachadh air an neartan is laigsean ann an co-bhonn leis na beachdan a leanas. Chan eil na comharran air am buileachadh do gach aon de na h-oileanaich nam pàirt den luachadh seo, ach chithear iad ann am beachdan an luchd-comharrachaidh a tha rim faotainn air an làrach-lìn.

### **Oileanach 1**

Tha an t-oileanach seo a' cleachdadh structar glè chumanta. Tha iad a' toirt seachad gach seòladh eadar-lìn agus a' toirt dha tiotal, mar eisimpleir, 'Stòr 1' – is e dòigh fheumail a tha seo oir sàbhailidh e ùine don oileanach ann an iomradh dìreach air an duilleig aca aig àm na h-ìre sgrìobhaidh. Gu h-iomlan, tha mòran fiosrachaidh air an dà thaobh den phàipear A4 a dh'fhaodadh comharran eòlais a dhèanamh duilich an coileanadh.

Tha an t-oileanach a' toirt seachad liosta de phuingeann peileir airson gach stòr. Is e dòigh a tha furasta gabhail ris a tha seo ach faodaidh e leantainn gu cunnart a thaobh lethbhreacadh. Ann am mòran chùisean, tha na puingeann peileir sin dìreach air an ceangal còmhla le glè bheag anailis no gun anailis idir no beachd. Tha seo beagan nas fheàrr na lethbhreacadh dìreach. Ach dh'fhaodadh gun do chleachd an t-oileanach puingeann peileir ann an dòigh iomchaidh, a' cur anailis ris as fhiach creideas.

Tha an t-oileanach a' gabhail a-steach ceann-latha a' chiad stòir ach an uair sin chan eil airson stòran 2–6. Chan eil plana air an duilleig agus chan eil cinn roinnean air an gabhail a-steach ann. Mar an ceudna, chan eil an t-oileanach a' toirt seachad fiosrachadh sam bith airson na roinne aca air luachadh stòir.

### **Oileanach 2**

Thug an t-oileanach seo gu buil duilleag rannsachaidh air a sgrìobhadh le làimh a' cleachdadh structar glè shìmplidh. Tha gach seòladh eadar-lìn sgrìobhte aca ach chan eil tiotal sam bith eile air a thoirt do na stòran. Tha an t-oileanach air puingeann peileir a sgrìobhadh le làimh do gach stòr – a' moladh gu bheil iad air na stòran a leughadh agus air notaichean a ghabhail. Is e an cunnart san dòigh-obrach seo gur iad sin na h-aon phuingeann a-mhàin a tha an t-oileanach an dùil a dhèanamh tron aithisg gu lèir agus gun tèid an ceangal ri chèile san òrdugh sa bheil iad sgrìobhte. Tha an t-seòrsa seo de dhuilleag phlanaichte gu math cumanta agus ged a ghabhas e a chleachdadh gu sàr-èifeachdach leis na h-oileanaich as comasaiche, tha e gu tric a' leantainn gu freagairtean sìmplidh nach fhaigh ach beagan chomharran.

Ged a tha an duilleag rannsachaidh goirid agus glè shìmplidh, chan eil e a' barantachadh comharra ìosal.

### **Oileanach 3**

Tha oileanach 3 air an uimhir de fhiosrachadh a ghabhail a-steach don duilleig aca agus gu bheil an sgrìobhadh air a lùghdachadh gu meud cruth-clò glè bheag. Dh'fhaodadh gun do lùghdaich seo fheumalachd san sgrìobhadh-suas (gu h-àraidh a' chiad duilleag). Dh'fhaodadh gur e a' chùis cuideachd gum bi e glè dhuilich don oileanach seo comharran eòlais a choileanadh, oir tha faisg air nas urrainnear a ràdh mun chuspair aca air a ghabhail a-steach agus mar sin chan urrainnear creideas a thoirt dha mar eòlas.

A dh'aindeoin coltas mì-rianail is trang na duilleige, tha an t-oileanach air leubailean a chur air na stòran. Tha an dàrna duilleag a' nochdadh fiosrachadh grafaigeach is clàrach a tha glè fheumail ach tha seo a-rithist a' call luach mar thoradh air meud a' chlà a chaidh a chleachdadh. Tha àite air a chall le in-ghabhail air URL glè fhada don stòr mu dheireadh. Tha an ceann-latha foillseachaidh air a ghabhail a-steach do dh'aon stòr ach chan eil do [na stòran eile. Bu chòir suidheachadh nas fhaicsinnich a thoirt don cheann-latha seo agus a bhith air a ghabhail a-steach còmhla ri fiosrachadh eile leithid ùghdar, foillsichear agus tiotal do na stòran uile.

Tha coltas ann gu bheil an t-oileanach air dòigh 'geàrr is glaoth' a chleachdadh bhon eadar-lìon, nì a tha ag innse nach e an anailis ullaichte ro làimh aca fhèin den chùis a th' anns an fhiosrachadh. Chan eil cinn no beachdan ann, a' ciallachadh gur dòcha gum bi comharran 'structar' agus 'luachadh stòir' nas fhasa an coileanadh.

#### **Oileanach 4**

Tha an t-oileanach seo a' tòiseachadh le URL. Chan eil iad a' cur leubail air an stòr mar 'Stòr 1' no 'Stòr A' ach chan eil seo àithnteil. Tha sreath de notaichean agus staitistigean an uair sin air an toirt seachad fon URL. Chan eil e soilleir an e notaichean an oileanaich fhèin a th' ann bhon làrach-lìn no roinn air a lethbhreacadh. Gabhar ris an dòigh-obrach seo ach faodaidh e leantainn gu lethbhreacadh.

Tha coltas ann gu bheil an dàrna stòr bho leabhar. Bu chòir don ùghdar agus an ceann-latha a bhith air a ghabhail a-steach don seo. Tha am fiosrachadh a leanas mionaideach agus a' gabhail a-steach eileamaidean de dh'anailis is argamaid. Chan eil e ciallachadh gur e droch dhòigh-obrach a tha seo ach a-rithist tha e buailteach do lethbhreacadh. Tha mòran oileanaich air an dòigh-obrach seo a chleachdadh gu fìor èifeachdach.

Tha an dà stòr mu dheireadh a' leantainn pàtran coltach ris a' chiad fhear.

Tha e soilleir nach e plana a th' anns an duilleig rannsachaidh agus tha i às aonais cinn no beachdan a bhiodh rin cleachdadh ann an luachadh air stòran.

Ged a tha duilleagan rannsachaidh nan ceathrar oileanach a' sealltainn an dà chuid deagh chleachdadh agus droch chleachdadh, chan eil iad leotha fhèin a' dearbhadh comharran nan oileanach.

# Pàipear-taic 3: eisimpleirean de ceist earbsachd an stòir


## Ro-ràdh

Tha an earrann seo a' toirt eisimpleirean de ceist earbsachd an stòir 8-comharran ann am pàipear cheistean 2.

## Eisimpleir ceist 1

Dèan sgrùdadh air Stòran A, B, agus C agus an uair sin feuch a' cheist a leanas.

### Stòr A



Stor Infographic bho Mhinistrealachd na Slàinte, New South Wales, Astràilia, Màrt 2013

## AN CÒMHRADH

Acadaimigeach cruaidh, tàlant neach-naidheachd

[Ealain](#) + [Cultar](#) [Gnìomhachas](#) + [Eaconamaidh](#) [Bailtean](#) [Foghlam](#) [Àrainneachd](#) + [Lùth](#) [Slàinte](#) + [Lèighean](#) [Poilitigs](#) + [Comann-sòisealta](#)

[Saidheans](#) + [Teicneòlas](#) [Brexit](#)

## Tha siostam slàinte Astràilia farmadach, ach tha àite ann airson leasachadh

Sultain 21, 2017, 8:40f BST [air ùrachadh 21 Sultain 2017 11:23f BST](#)

Tha builean airson a' chiad slugh ann an Astràilia air dheireadh air an t-sluagh neo-dhùthchasach AAP/Dan Peled

Post-d

Clò-bhuail

*Tha an artaigil seo mar fhàirt den t-sreath chruinneil againn mu shiostaman slàinte, a' sgrùdadh diofar shiostaman cùram slàinte air feadh an t-saoghail. Leugh na h-artaigilean eile san t-sreath [an seo](#).*

Tha siostam slàinte Astràilia gun samhail - coltach ris na creutairean aige. Tha e air a chumadh le eachdraidh coloinidh na dùthcha - chaidh a'chiad ospadalan ullaichte le rianachdan coloinidh - agus, gu dearbh, poilitigs. Tha e na mheasgachadh neònach de mhaoineachadh poblach is prìobhaideach agus libhrigeadh cùram slàinte, leis a' Cho-fhlaitheas (nàiseanta) agus riaghaltasan na stàite le chèile le dreuchdan cudromach anns na chaidh a mhìneachadh mar eisimpleir de "feadaralachd cèic marmoir".

Ùghdar



Stephen Duckett  
Stiùiriche,  
Prògram & Slàinte,  
Institiud & Grattan

Aithris foillseachaidh

Thòisich Institiud Grattan le tabhartasan de \$15 millean bho gach Riaghaltas Feadarail agus Bhictorianach, agus \$4 millean bho BHP Billiton. Gus a neo-eisimeileachd a dhion, Grattan.

**Stòr An Còmhradh** — làrach-lìn neo-phrothaideach a bhios ag obair le oilthighean gus naidheachdan stèidhichte air rannsachadh fhoillseachadh. Tha na h-ùghdaran nam prìomh luchd-acadaimigeach rannsaichaidh anns na raointean aca. Chaidh an Còmhradh a thòiseachadh ann an Astràilia ach tha aithrisean air cùisean cruinneil.

## Stòr C

|  |   |
|--|---|
| Comann Meidigeach Astràilia  |   |
| dachaigh   ballrachd   mu dheidhinn   tagradh   goireasan   ionad dreuchd   lìonra   meadhanan   AUSMED   stàitean   | Log a-steach  |
| Leigheas Astràilia   | Naidheachdan   Slàinte air a' Chnoc   Colbhan   beachd   Rannsachadh   Feartan   Dòigh-beatha   Lìtir   Fiosrachadh   Deasachaidhean roimhe |
|    |   |
| 09 Dàmhair 2018  |    |
| <b>Le ceann-suidhe AMA, an Dr Tony Bartone</b>   |   |
| <p>O chionn ghoirid bha e na urram dhomh bruidhinn ri Co-labhairt Comann Dòtairean Dùthchasach Astràilia (AIDA) ann am Peairt.</p> <p>Bha e brosnachail a bhith an làthair uimhir de dhaoine dìoghrasach a tha dealasach a thaobh atharrachadh cudromach agus brìghmhor a choileanadh.</p> <p>Ach eadhon ann an Astràilia san 21mh linn tha mòran chnapan-starra an aghaidh na h-amasan agus cinn-uidhe aca (agus againne).</p> <p>Bidh muinntir nan Tùsanach agus Eileanaich Caolas Thorres a' toirt aghaidh air aimhreit ann an iomadh taobh de am beatha.</p> <p>Dh'fhaodar a ràdh nach eil comharradh nas motha air anacothrom na staid uabhasach slàinte nan Tùsanach.</p> <p>Tha Tùsanaich agus Eileanaich Caolas Thorres nas tinn gun fheum, nas tinn, agus tha iad a' bàsachadh mòran nas òige na an co-aisean neo-dhùthchasach.</p> |   |

**Stòr** Comann Meidigeach Astràilia — buidheann proifeasanta a bhios a' riochdachadh dhotairean agus ag iomairt air cùisean slàinte ann an Astràilia.

**Feuch na ceistean a leanas, a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Stòran A, B agus C a-mhàin.**

Dè an ìre gu bheil Stòran A, B agus C earbsach?

Feumaidh tu co-dhùnadh iomlan a thoirt seachad air an stòr fiosrachaidh as earbsaiche.

**8**

## Eisimpleir ceist 2

Dèan sgrùdadh air Stòran A, B, agus C agus an uair sin feuch a' cheist a leanas.

### Stòr A

Naidheachdan | beachd | Spòrs | Cultar | Dòigh-beatha | Tuilleadh

Brexit

### Mar a tha beachdan Bhreatainn air atharrachadh - làn thoraidhean cunntas-bheachd Brexit

Tha sgrùdadh Guardian/ICM de chòrr air 5,000 Breatannach a' sealltainn dùthaich a tha a' sìor fhàs air a roinn a rèir aois, sgìre agus pàrtaidh.  
Dhàicne 26 Faoilleach 2018 16:31 GMT

2,182

Tha an artaigil seo nas sine na 9 mìosan

### Ciamar a bhòtadh Breatainn nan deidheadh an referendum ath-ruith

Thar an luchd-freagairt air fad, ach a-mhàin gun fhios, tha fuireach air thòiseach air fàgail le 51% gu 49%. Ach, chunnacas an aon chuibhreann de fhreagaritean ann an 2016; 's e sin, bha claonadh beag fhathast aig an t-sampall an aghaidh toradh an referendum. Bha cunntasan-bheachd ron referendum cuideachd a' dèanamh dì-meas air a' bhòt fàgail.

| Region                   | Question   | Options       | Option 1 (%) | Option 2 (%) |
|--------------------------|--|---------------|--------------|--------------|
| A h-uile neach-freagairt | C1. Nam biodh referendum eile air an EU a-màireach, ciamar a bhòtadh tu? | Fuirich / Fàg | 51           | 49           |
|                          | C2. An dùil dè a' bhuaidh a bhios aig Brexit air eaconamaidh Bhreatainn? | Droch / Math  | 49           | 36           |
| Meadhan-thìre            | C1. Nam biodh referendum eile air an EU a-màireach, ciamar a bhòtadh tu? | Fuirich / Fàg | 48           | 52           |
|                          | C2. An dùil dè a' bhuaidh a bhios aig Brexit air eaconamaidh Bhreatainn? | Droch / Math  | 45           | 40           |
| Alba                     | C1   |               |              |              |
| A' Chumrigh              | C1   |               |              |              |

Stòr Pàipear-naidheachd The Guardian.

## Stòr B



Stòr Postair iomairt Pàrtaidh Neo-eisimeileachd na RA (UKIP) rè referendum ballrachd an EU san Rìoghachd Aonaichte 2016

## Stòr C

https://www.conservativehome.com/highlights/2014/12/interview-jacob-rees-mogg-i-think-the-love-bombing-of-ukip-voters-would-be-an-intelligent-strategy.html Interview Jacob Rees-Mog...

conservativehome the home of conservatism

Leabhar-latha Thoraidh | Luchd-colbh | Beachd | BP msaa | Riaghaltas Ionadail | Mòr-chuid | LeftWatch | Tancaichean Smaoineachaidh | Fuaim

Air fhoillseachadh: 17 Dùbhlachd, 2014

**Agallamh: Jacob Rees-Mogg - "Tha mi a' smaoinichadh gur e ro-innleachd tuigseach a bhiodh ann am bomadh gaoil air luchd-bhòtaidh UKIP"**

Le Andrew Gimson

Tha cuid de luchd-amhairc a' faicinn Jacob Rees-Mogg mar an rud as fhaisge a th' aig na Cumantan air figear bho dhuilleagan P.G.Wodehouse. Ach tha e a' tòiseachadh air an agallamh seo le bhith a' cumail a-mach "gu bheil sinn gu ìre mhòr nar comann gun chlas".

Ged a tha Rees-Mogg a' cur fàilte air Boris Johnson mar "gu mòr" na cheannard san àm ri teachd, tha e cuideachd a' toirt rabhadh nach bu chòir dha na Tòraidhean an ceannard aca atharrachadh cho tric.

A rèir Rees-Mogg, is e a-nis an t-àm airson "love-bomb", chan e "carpet-bomb", luchd-bhòtaidh UKIP, mòran dhiubh a b' àbhaist a bhith nan luchd-bhòtaidh Tòraidheach. Tha e ag ràdh nach urrainn UKIP 650 tagraiche pàrlamaid a lorg, agus mar sin bu chòir dha a bhith fosgailte do chaidreachas ro-thaghadh leis na Tòraidhean. Tha Rees-Mogg gu mòr airson a leithid de rèiteachadh.

'S e aon adhbhar, tha e ag ràdh, nach eil na Tòraidhean cho measail 's a tha iad airidh air a bhith, leis cho soirbheachail 's a tha iad san riaghaltas, gu bheil iad fhathast a' cleachdadh cànan "cuddly" na Cli. Mar sin nuair a...

61 comments

Stòr Làrach-lìn Dachaigh Tòraidheach.

**Feuch na ceistean a leanas, a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Stòran A, B agus C a-mhàin.**

Dè an ìre gu bheil Stòran A, B agus C earbsach?

Feumaidh tu co-dhùnadh iomlan a thoirt seachad air an stòr fiosrachaidh as earbsaiche. **8**

# Buidheachas còir-lethbhreac

## Eisimpleir ceist 1

Chaidh Stòr A — Infographic a thoirt bho Mhinistrealachd na Slàinte, New South Wales, Astràilia, Màrt 2013 Le cead fo cheadachas Creative Commons 4.0. © Ministreachd Slàinte Stàite New South Wales NSW. Airson fiosrachadh as ùire thèid gu [www.health.nsw.gov.au](http://www.health.nsw.gov.au)

Chaidh Stòr B — Glacadh-sgrìn atharrachadh bho làrach-lìn The Conversation, 21 Sultain, 2017.

**Tha SQA air a h-uile oidhirp a dhèanamh gus lorg fhaighinn air luchd-seilbh stuthan dlighe-sgrìobhaidh sa phàipear cheistean seo, agus cead a shireadh. Bidh sinn toilichte aideachadh sam bith a tha a dhìth a thoirt a-steach. Cuiribh fios gu [question.papers@sqa.org.uk](mailto:question.papers@sqa.org.uk)**

Chaidh Stòr C — Glacadh-sgrìn a thoirt bho làrach-lìn Comann Meidigeach Astràilia, 9 Dàmhair 2018. Air ath-riochdachadh le cead coibhneil bho Chomann Meidigeach Astràilia.

## Eisimpleir ceist 2

Chaidh Stòr A — Glacadh-sgrìn den artaigil, ‘Mar a tha beachdan Bhreatainn air atharrachadh — làn thoraidhean cunntas-bheachd Brexit,’ a thoirt bho làrach-lìn The Guardian, Dihaoine 26 Faoilleach 2018. Air ath-riochdachadh le cead bho The Guardian. © Guardian News & Media Ltd 2019.

Stòr B — Postair iomairt Pàrtaidh Neo-eisimeileachd na RA (UKIP)

**Tha SQA air a h-uile oidhirp a dhèanamh gus lorg fhaighinn air luchd-seilbh stuthan dlighe-sgrìobhaidh sa phàipear cheistean seo, agus cead a shireadh. Bidh sinn toilichte aideachadh sam bith a tha a dhìth a thoirt a-steach. Cuiribh fios gu [question.papers@sqa.org.uk](mailto:question.papers@sqa.org.uk)**

Chaidh Stòr C — Glac-sgrìn den artaigil, “Agallamh: Jacob Rees-Mogg — ‘Tha mi a’ smaoineachadh gum biodh bomadh-gaoil luchd-bhòtaidh UKIP na ro-innleachd tùrail” le Anndra Gimson, a thoirt bho làrach-lìn Dachaidheil nan Tòraidh, 17 Dùbhlachd 2014. Air ath-riochdachadh le cead coibhneil bho Conservative Home.

## Eisimpleirean de cheistean — stiùireadh comharrachaidh

| Ceistean | Stiùireadh comharrachaidh coitcheann  | Comharra as motha | Stiùireadh comharrachaidh sònraichte airson na ceist seo  |
|----------|---|-------------------|---|
| 1        | <p>Bidh oileanaich a' mìneachadh agus/no a' luachadh trì stòran fiosrachaidh iom-fhillte, a' luachadh agus a' mìneachadh ìre na h-earbsachd.</p> <p>Airson comharran fhaighinn feumaidh oileanaich fianais a shealltainn a bheir taic do na measaidhean a chaidh a choileanadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Thoir seachad suas ri <b>2 chomharra</b> far a bheil oileanaich a' cleachdadh fianais gu h-iomchaidh, a rèir càileachd a' mhìneachaidh agus co-chur an fhianais, airson mìneachadh sam bith air ìre earbsachd.</li> <li>◆ Airson <b>làn chomharran</b> feumaidh oileanaich iomradh a thoirt air a h-uile stòr nam freagairt.</li> <li>◆ Airson <b>làn chomharran</b> feumaidh oileanaich co-dhùnadh iomlan a dhèanamh air an stòr fiosrachaidh as earbsaiche.</li> </ul> | 8                 | <p>Faodaidh oileanaich comharran fhaighinn ann an grunn dhòighean <b>suas gu 8 comharran aig a' char as àirde.</b></p> <p><b>Stòr A</b></p> <p><b>Freagairt 1</b><br/>Chan eil Stòr A earbsach.<br/><b>Iomlan — 0 comharran (chan eil fianais no mìneachadh ann).</b></p> <p><b>Freagairt 2</b><br/>Chan eil Stòr A earbsach oir chaidh fhoillseachadh ann an 2013 agus mar sin tha am fiosrachadh seann-fhasanta.<br/><b>Iomlan — 1 chomharra (fianais shìmplidh air a thoirt seachad).</b></p> <p><b>Freagairt 3</b><br/>Tha Stòr A earbsach agus urrasach gu ìre. Chaidh fhoillseachadh le roinn an riaghaltais a tha os cionn slàinte ann an NSW agus mar sin bu chòir na figearan a bhith ceart. Ach, dh'fhaodadh an stòr a bhith air fhaicinn mar rud meallta leis gu bheil an grafaigeach a' cuir ris na h-atharrachaidhean anns an àireamh de nursaichean. Tha àrdachadh timcheall air 10% an dèidh 2010/2011 a' coimhead tòrr nas motha leis gu bheil an àireamh de 'samhlaidhean daonna' a thathar a' cleachdadh air a dhol suas deich uiread.<br/><b>Iomlan — 2 chomharra (fianais mhionaideach air a thoirt seachad).</b></p> |

| Ceistean | Stiùireadh comharrachaidh coitcheann | Comharra as motha | Stiùireadh comharrachaidh sònraichte airson na ceist seo   |
|----------|--------------------------------------|-------------------|--|
|          |                                      |                   | <p><b>Stòr B</b></p> <p><b>Freagairt 4</b><br/> Tha Stòr B urrasach leis gu bheil e air fhoillseachadh le làrach-lìn a tha a' cleachdadh prìomh luchd-acadaimigeach rannsachaidh agus ag obair le oilthighean aig a bheil deagh shealladh agus eòlas air na cùisean air an deach beachdachadh. Tha an artaigil seo air a sgrìobhadh le stiùiriche institiud slàinte a tha a' moladh ìre àrd de earbsachd. Tha e cuideachd reusanta làthaireach (Sultain 2017) a nì a bheachdan gnàthach.<br/> <b>Iomlan — 2 chomharra (fianais mhionaideach air a thoirt seachad).</b></p> <p><b>Stòr C</b></p> <p><b>Freagairt 5</b><br/> Tha Stòr C bho bhuidheann a tha a' riochdachadh proifeiseantaich meidigeach (Comann Meidigeach Astràilia), agus mar sin bidh a bhallrachd gu math fiosraichte agus a beachdan air an cur an cèill le eòlaichean meidigeach. Tha an earrann a chithear gu math làthaireach agus chaidh fhoillseachadh san Dàmhair 2018, agus tha seo a' ciallachadh gum bi e gu math earbsach.<br/> <b>Iomlan — 2 chomharra (fianais mhionaideach air a thoirt seachad).</b></p> <p><b>Eisimpleirean de cho-dhùnadh iomlan air an stòr fiosrachaidh as earbsaiche:</b></p> |

| Ceistean | Stiùireadh comharrachaidh coitcheann | Comharra as motha | Stiùireadh comharrachaidh sònraichte airson na ceist seo  |
|----------|--------------------------------------|-------------------|---|
|          |                                      |                   | <p><b>Freagairt 6</b><br/> Is e Stòr C an stòr as earbsaiche oir tha e làthaireach agus e air fhoillseachadh air 9 Dàmhair 2018.<br/> <b>Iomlan — 1 chomharra (co-dhùnadh iomlan le taic bho fhianais bho aon stòr).</b></p> <p><b>Freagairt 7</b><br/> Is e Stòr C an stòr as earbsaiche oir chaidh fhoillseachadh san Dàmhair 2018 agus tha e nas ùire na Stòr B a chaidh fhoillseachadh ann an 2017. Tha e coltach gum bi Stòr C cuideachd nas earbsaiche na Stòr A. Tha Stòr C na stòr sgrìobhte neo-fhillte a tha furasta a leantainn ach tha Stòr A air a thaisbeanadh ann an dòigh a dh'fhaodadh a bhith troimh-chèile.<br/> <b>Iomlan — 2 chomharra (co-dhùnadh iomlan le taic bho fhianais mhionaideach bho gach stòr).</b></p> <p>Airson làn chomharran feumaidh oileanaich co-dhùnadh iomlan a dhèanamh air an stòr as earbsaiche.</p> |

| Ceistean | Stiùireadh comharrachaidh coitcheann  | Comharra as motha | Stiùireadh comharrachaidh sònraichte airson na ceist seo   |
|----------|---|-------------------|--|
| 2        | <p>Bidh oileanaich a' mìneachadh agus/no a' luachadh trì stòran fiosrachaidh iom-fhillte, a' luachadh agus a' mìneachadh ìre na h-earbsachd.</p> <p>Airson comharran fhaighinn feumaidh oileanaich fianais a shealltainn a bheir taic do na measaidhean a chaidh a choileanadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Thoir seachad suas ri <b>2 chomharra</b> far a bheil oileanaich a' cleachdadh fianais gu h-iomchaidh, a rèir càileachd a' mhìneachaidh agus co-chur an fhianais, airson mìneachadh sam bith air ìre earbsachd.</li> <li>◆ Airson <b>làn chomharran</b> feumaidh oileanaich iomradh a thoirt air a h-uile stòr nam freagairt.</li> <li>◆ Airson <b>làn chomharran</b> feumaidh oileanaich co-dhùnadh iomlan a dhèanamh air an stòr fiosrachaidh as earbsaiche.</li> </ul> | 8                 | <p>Faodaidh oileanaich comharran fhaighinn ann an grunn dhòighean <b>suas gu 8 comharran aig a' char as àirde.</b></p> <p><b>Stòr A</b></p> <p><b>Freagairt 1</b><br/>Chan eil Stòr A earbsach.<br/><b>Iomlan — 0 comharran (chan eil fianais no mìneachadh ann).</b></p> <p><b>Freagairt 2</b><br/>Chan eil Stòr A earbsach oir chaidh fhoillseachadh anns an Fhaoilleach 2018. Faodaidh beachdan a' phobaill air Brexit atharrachadh gu math luath agus tha Stòr A ann o chionn còrr is bliadhna.<br/><b>Iomlan — 1 chomharra (fianais shìmplidh air a thoirt seachad).</b></p> <p><b>Freagairt 3</b><br/>Tha Stòr A earbsach agus urrasach oir chaidh fhoillseachadh san Fhaoilleach 2018 agus mar sin tha am fiosrachadh an ìre mhath ùraichte. Bidh e a' cleachdadh cunntas-bheachd ICM le sampall mòr de chòrr air 5,000 neach agus mar sin a' toirt seachad toraidhean gu math earbsach mu bheachdan a' phobaill aig an àm.<br/><b>Iomlan — 2 chomharra (dà phìos fianais air an toirt seachad).</b></p> <p><b>Stòr B</b></p> <p><b>Freagairt 4</b><br/>Tha Stòr B earbsach gu ìre. 'S e postair oifigeil de UKIP a th' ann agus mar sin bidh e na fhìor shealladh den phoileasaidh in-imrich aca. Ach, tha teachdaireachd a' phostair gu soilleir claon agus a' toirt a-steach ionnsaigh air pàrtaidh eile a' moladh nach cùm iad ris na geallaidhean aca. Tha am postair gu</p> |

| Ceistean | Stiùireadh comharrachaidh coitcheann | Comharra as motha | Stiùireadh comharrachaidh sònraichte airson na ceist seo   |
|----------|--------------------------------------|-------------------|--|
|          |                                      |                   | <p>soilleir air a dhealbhadh gus luchd-bhòtaidh Tòraidheach a thàladh gu UKIP.</p> <p><b>Iomlan — 2 chomharra (fianais mhionaideach air a thoirt seachad).</b><br/> <b>Stòr C</b></p> <p><b>Freagairt 5</b><br/> Chan eil Stòr C gu math ùr oir chaidh fhoillseachadh ann an 2014, agus mar sin is dòcha gu bheil am fiosrachadh agus na beachdan ann air atharrachadh. Is e adhbhar eile nach eil Stòr C earbsach gum faodadh e a bhith air a mheas mar làrach-lìn claon, ‘Conservative Home’, agus bidh e gu soilleir a’ taisbeanadh fiosrachadh taghte gus taic a thoirt don Phàrtaidh Tòraidheach.</p> <p><b>Iomlan — 2 chomharra (dà phìos fianais air an toirt seachad).</b></p> <p><b>Eisimpleirean de cho-dhùnadh iomlan air an stòr fiosrachaidh as earbsaiche:</b></p> <p><b>Freagairt 6</b><br/> ’S e Stòr A as earbsaiche ’s a tha e à pàipear air a bheil mòran spèis (The Guardian) le ìrean naidheachdais àrd.</p> <p><b>Iomlan — 1 chomharra (co-dhùnadh iomlan le taic bho fhianais bho aon stòr).</b></p> <p><b>Freagairt 7</b><br/> ’S e Stòr A as earbsaiche ’s a tha e à pàipear air a bheil mòran spèis (The Guardian) le ìrean naidheachdais àrd agus cliù ri dhìon. Chan eil Stòr B cho earbsach ’s a tha e bho phàrtaidh poilitigeach agus bidh iad claon airson am poileasaidhean. Nas motha, chan eil Stòr C cho earbsach ri Stòr A leis gu</p> |

| Ceistean | Stiùireadh comharrachaidh coitcheann | Comharra as motha | Stiùireadh comharrachaidh sònraichte airson na ceist seo  |
|----------|--------------------------------------|-------------------|---|
|          |                                      |                   | <p>bheil e seann-fhasanta an coimeas ri sin, an dèidh dha a bhith air fhoillseachadh ceithir bliadhna roimhe sin.</p> <p><b>Iomlan — 2 chomharra (co-dhùnadh iomlan le taic bho fhianais mhionaideach bho gach stòr).</b></p> <p>Airson làn chomharran feumaidh oileanaich breitheanas iomlan a dhèanamh air an stòr as earbsaiche.</p> |

# Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An t-Sultain 2024 (tionndadh 4.0)

## Eachdraidh atharrachaidhean

| Tionndadh | Tuairisgeul air atharrachadh   | Ceann-latha       |
|-----------|--|-------------------|
| 2.0       | Notaichean taic cùrsa air an cur ris mar phàipear-taic.  | An t-Sultain 2018 |
| 2.1       | Eisimpleirean de cheistean air an cur ris ann am Pàipear-taice 3.  | An Gearran 2019   |
| 3.0       | Peanas airson gun a bhith a' cur a-steach duilleag rannsachaidh air a chur ris an earrainn 'Fianais ri thional'. Earrann 'cuideachadh reusanta' air ùrachadh.  | An t-Samhain 2019 |
| 4.0       | Stiùireadh a bharrachd airson measadh cùrsa air ath-ùrachadh airson soilleireachd.<br><br>Peanas airson dearmad air duilleag rannsachaidh a chur a-steach air a thoirt às an earrann 'Fianais ri thional'<br><br>Mion-atharrachaidhean air an dèanamh air fheadh gus cùisean ruigsinneachd a chàradh.<br><br>An earrann 'Tuilleadh fiosrachaidh' air ath-ùrachadh. | An t-Sultain 2024 |

Nota: thathar a' comhairleachadh dhuibh sùil a thoirt air làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an tionndaidh as ùire den sgrìobhainn seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2018, 2019, 2023, 2024